



UIRSGEULAN

GAIDHEALACH



6^D MET.

GAELIC BOOKS

SOLD BY ENEAS MACKAY,

PUBLISHER, STIRLING.

- AN TREORAICHE—Leabhran Sgoil air son na Cloinne. A Gaelic Primer for the children, by Malcolm Mac Farlane. Illustrated, cr. 8vo, 4 pp., paper covers, 3d.
- ELEMENTARY LESSONS IN GAELIC (L. MacBean), with a vocabulary and key, cr. 8vo, cloth 1s.
- GUIDE TO GAELIC CONVERSATION AND PRONUNCIATION (L. MacBean), with Dialogues, Phrases, &c., cr. 8vo, cloth 1s.
- GAELIC PRIMER, A New—(James Munro), containing elements of pronunciation. An abridged Grammar, formation of words, a list of Gaelic and Welsh vocables of like orthoepy, and a choice selection of colloquial phrases, cr. 8vo, sewed, 1s 6d.
- GAELIC BOOKS FOR SCHOOLS.—Book I., 2d; Book II., 4d; Book III., 8d; Book IV., 1s.
- GAELIC READING BOOK.—For the use of Students. Selected and edited by Prof. Mackinnon, cr. 8vo, 3s 6d.
- GAELIC CONVERSATIONS.—Comhraidhean an Gaidhlig is am Beurla. By Rev. D. MacInnes, with an Introduction by Prof. Blackie. New Edition, cloth 1s.
- THE TOURISTS' GAELIC HANDBOOK.—Gaelic and English phrases, with pronunciations (Mrs Mary M'Kellar), oblong, 16mo, sewed, 6d.
- PRACTICAL LESSONS IN GAELIC (D. C. MacPherson), for the use of English-speaking Students, with vocabularies, cr. 8vo, sewed, 1s.
- SCOTTISH GAELIC as a Specific Subject.—Stage I. compiled by a Committee of the Highland Association, 2nd Edition, cr. 8vo, limp cloth, 1s.
- THE PHONETICS OF THE GAELIC LANGUAGE (M. Mac Farlane), with an exposition of the current orthography, and a system of phonography, cloth, 1s 6d.
- HOW TO READ GAELIC (John Whyte).—Orthographical Instructions, Reading Lessons, and Grammar, cr. 8vo, limp cloth, 1s.

National Library of Scotland



B000254460

UIRSGEULAN GAIDHEALACH:

Leis an do choisneadh duaisean aig Mòid
A' CHOMUINN GHAIÐHEALAICH.

Air an cur a mach fo ùghdarras A' Chomuinn cheudna.

STRUIBHLE:
AONGHAS MAC AOIDH,
43 MURRAY PLACE.

—
1905.

UNIVERSITY OF CALIFORNIA

LIBRARY

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS

PHYSICS



AN CLAR-ÌNNSIDH.

TAOBH-
DUILLEIG.

CLACH NA LÀNAIN, *Le Caitrìona Whyte Grannd*, - 5

OIGHRE 'N DÙIN-BHÀIN, *Le D. U. Mac Coinnich*, - 19

MÒRAG NA LÀRAICH-
MHEADHOIN, } *Le Caitrìona Whyte Grannd*, 33

PÒSADH AN DEALAIN-DÉ, *Le Eachann Mac Phaidein*, 56

CLACH NA LÀNAIN.

AIR an rathad gu Grìobunn, anns an Eilean Mhuileach, mar a théid duine sìos am bruthach le 'aghaidh ri Loch nan Ceall, tha aig taobh an rathaid ris an làimh-dheis, clach mhòr, iomadh tunna an cudthrom. Tha i 'na seasamh an làrach tighe, cho teann dhinnte eadar na trì ballachan 's ged a bhiodh iad air an togail a dh' aon obair gu taic a chumail rithe.

Na 'n robh am meall cloiche so air lòn, no air taobh cnuic, theirteadh creag ris; ach air a shuidheachadh mar a tha e, aig bun a' bhalla chreige as an do thuit e, agus a tha 'g éirigh iomadh ceud troidh os a cheann, a chuilbh àrda mar air an gearradh le làimh snaidheadair, cha'n'eil ann ach *clach* am meudachd no an coltas. 'S i so Clach na Lànain, no Clach na Càraid. Cha'n'eil mòran a làthair an diugh aig am bheil cuimhne air an latha air an do thuit a' chlach a nuas as a' bhalla uamharr; ach 's ann agamsa tha 'n t-aobhar gun a leigeadh air dè-chuimhne. Tha fada, fada o'n a thachair e; ach tha na h-uile ni, mar a ghabh e àite, fa m' chomhair mar gu 'm b'ann an dé a bha e. 'S ann a tha na nithean a thachair an toiseach m' òige na's soilleire fa m' chomhair na iadsan a

ghabh àite an dé. Tha leamsa nach 'eil e ach mar mhòs no dhà o'n a thàinig a' cheud bhàta-deataich a dh'ionnsuidh ar cladaichean, a' cur rotha nam pleadhan mar gu 'm b' ann muighe-eich a' maistreadh na fairge 's a' fàgail rathaid mhòir de chobhar as a déigh. Bha mi mu naoi bliadhna dh'aois aig an àm, agus bha mi air mo rathad le dinneir muinntir na buana an uair a thàinig i 'n sealladh. Ach cha'n fhaodar tòiseachadh air a leithid sin de naigheachd, air-neo cha bhi ùine eachdraidh Clach na Lànan a thoirt seachad ; agus a thuilleadh air sin 's ann aig Cnoc-Mhaolagain is fheudar tòiseachadh.

Cha'n'eil àite air an t-saoghal ri choimeas ri Cnoc-Mhaolagain. Tha 'n t-àileadh na 's glaine 's na 's blàithe an sin ; tha 'n loch na 's sàmhaiche ; tha 'm fraoch air na cnuic na 's truime dath, agus badain bhòidheach de fhraoch geal ri fhaotainn thall 's a bhos 'na mheasg ; tha blàithean cùbhraidh na machrach làn meala ; agus m' a choinneamh tha Eilean-Chalaman : Calamain nan creag, eòin ghorm nan sgiathan luatha, 'nan ceudan a' tuineachadh gun eagal fo dhùbhradh nan creagan àrda ; an sàile a' ruith a mach 's a stigh fodhpa, 's mu 'n cuairt air na sgeirean beaga, a' briseadh le ceòl gun sgur. B' ann an sin a rugadh 's a thogadh mi. Cha d' fhàg mi e gus an do phòs mi. Tha cuimhne agam air gach cloich is preas, agus air gach oisinn de 'n tràigh far an robh sligean ri fhaotainn ; sligean ban-tighearna coineanan-mara, faochagan mòra 's beaga de gach

dath,—geal, buidhe, ruadh, is breac,—sligean-creachainn, feusgain is muirsgianan—ciod an seòrsa nach robh ri fhaotainn an àite no àiteiginn mu Chnoc-Mhaolagain ?

Air son eòin a' chladaich, cha robh dìth oirnn a thaobh cuideachd le faoileannan is guilbnich, an steàrnal clis, na gulmagan, na trodagan-tràghad 'nan sreathan a' ruith, mar a' chlann bheag, a mach ás déigh nan tonn, 's a' teicheadh a stigh air thoiseach orra.

Air son eòin nan tonn, bha iad gun àireamh : eòin dhubha, sgairbh, agus na faoileannan, daonnan, mar amadain-liatha mhòra, ag itealaich gun chlos os ceann nan tonnan barra-gheal. Agus aig crìch an latha bha gathan mu dheireadh na gréine a' lasadh, le soillse caomh, gach machair is cnoc is eilean, mu'n rachadh i ás an t-sealladh aig oir a' chuain mhòir. Tha e fìor, co-dhiùbh 'chreideas sibh e no nach creid, nach 'eil àit' air an t-saoghal coltach ri Cnoc-Mhaolagain !

Bhiodh mu dhusan teaghlach anns a' choimhearsnachd, eadar a h-uile tigh a bh'ann. B' iad sin na coimhearsnaich chaoimhneil, dhìleas : b' fhiach iad an t-ainm. 'S iomadh teaghlach a gheibhtear an diugh aig nach 'eil na buill cho aonta, no cho ionmhuinn mu 'chéile 's a bha 'n grigleachan a bha mu'n cuairt oirnn 'san àm sin. Nach iomadh deireadh-bhuana aoibhinn ; nach iomadh Samhuinn shunndach ; nach iomadh Nollaig agus Bliadhn'-ùr chridheil a chuir sinn seachad còmhla !

Comh-cheangailte ris gach àite, agus ris gach nì a thachair am òige, tha Ìomhaigh Raonaid a' ghobhainn. Bha a màthair 'na maighdinn aig mo mhàthair-sa an uair a phòs i; agus bha de mheas aig m' athair air a h-athair-sa nach rachadh e'n ceann gnothuich chuimsich air bith gun a chomhairle a chur ri Iain Gobhainn.

B' i mo mhàthair-sa a dh'ionnsuich calanas do Raonaid. Bi a màthair-sa a theagaisg dhòmh-sa na b' aithne dhomh riamh mu bhainne, 's mu ìm is cáise oibreachadh. Mar sin, bha sinn a ghnàth 's gun tàmh an tighean aon a chéile.

Bha Raonaid cho eutrom iollagach air dà chois ri eun air iteig; bha i cho bòidheach ri ròs fhiadh-aich an fhàile chùbhraidh a bha'n oisinn a' ghàraidh; bha i cho mireagach ri uan gun lochd. Cha'n'eil uair a thig anail spìosrach na roide 's an fhraoich a nuas bhàrr a' chnuic orm, nach 'eil Raonaid agus mise còmhla a rithis, a' buachaill-eachd a' chruidh air maduinn ghil, Shamhraidh, trang aig a' cheart àm a' figheadh chlogaidean luachair no 'seòladh bhàtaichean seiliseir. 'S ann air a' bhrochan a bha 'm blas anns na làithean sin, an uair a shuidheamaid g' a ghabhail air tom aig ceann na dalach, "Cabhag," mo chù laghach, ag amharc as déigh a h-uile làn spàin-adhairc a rachadh 'nar beòil, agus a' cur a spòig mhòir air ar glùn an tràths' 's a rithis air eagal gu'n dì-chuimhnicheamaid a chuid-san. Cha 'n 'eil uair a chì mi cléiteagan geal a' chanaichein am measg

reìsg is luachair, agus fraoch na mòintich le 'chopain mhòra chéireach làn meala, mar bhrat air an làr, nach 'eil Raonaid is mise dol do 'n àite-mhòine le biadh nan daoine a bh' aig an obair leinn,—bonnaich choirce, uibhean, mulachag ùr chàise, 's cha 'n 'eil fhios cìod tuilleadh.

Dh' fhàs Raonaid a suas cho sùbailte ri slait sheilich, agus cho dìreach ri cuilc nan lochan. Cha do chuir i mulad orm ach an aon uair riamh. Bha sin nuair a shaoil leam gu 'n robh i 'dol a roghnachadh coigreach an àite aoin de m' bhràithrean. Tha mi 'g ràdh *h-aon* diubh, a chionn bha i-féin agus mo dhara bràthair, Gilleasbuig, 'nan sàr chompanaich, agus cha robh mòran obair idir aice féin agus Iain ri chéile; ach bha e 'n aon rud leamsa cò dhiubh 'gheibheadh còir oirre, ged a bha leam gu 'n robh am fear a b' òige tuilleadh 's coltach rithe fhéin. 'S ann mar so, ma tà, a chuir i 'n iomaguin orm gu 'n caillinn i — agus dh' thaoidteadh gu'm b'e sin a b' fheàrr dhithse seach mar a thachair. Bhiodh Raonaid mu naoi-bliadhn'-deug, agus mise beagan na b' òige, an uair a thàinig peasan de thàillear a nall a Latharna meadhonach, a chur a suas obair air a làimh fhéin beagan astair uainn. Bha 'n duineachan sparasach, pongail gu leòir, ach cha robh ann ach an gasan: b' fhiach lùdag Iain againne a choluinn gu h-iomlan.

Cha robh an tàillear fada 'san àite an uair a thòisich e ri tighinn cuid de'n rathad as an eaglais.

le Raonaid is leamsa, agus gu goirid ghabh e'n dànadas tighinn air chéilidh do na tighean againn. Bu ghasda le Raonaid caige 'chumail ris, agus chumadh i-féin 's Gilleasbuig an tàillear an gleus ; ach bha daonnan rud-éiginn aig Iain ri dheanamh a mach 'san t-sabhal aig a leithid sin de àm ; agus air mo shonsa dheth, bu leòir facal a chur a stigh an dràs 's a rithis, a chionn cha robh feum orm.

Chaidh nithean air adhart mar so, a' chuid a bu mhodha de'n Gheamhradh. Ach air latha 'bha 'n sin, thuirt Iain ruinn aig an tràth maidne, "Faodaidh sibh a ràdh ris an tàillear 'nuair a thig e'n nochd, mo thomhas-sa 'ghabhail air son deise ùir. Chuala mi gu'n robh feum aca air cìobair an Grìobunn ; agus tha mi air an àite ghabhail an diugh."

Sheall sinn uile air a chéile mar gu'n do thuit mi-fhortan air an teaghlach, gus an d' thubhairt mo mhàthair gu sàmhach, "Tha fios nach fhaod fuighair a bhi againn ri bhi daonnan còmhlà ; agus rinn thusa seasamh gu duineil ri d' chuideachd gus a nis. Cha 'n iongantach ged a thòisicheas tu ri amharc a mach air do shon féin a nis, a laochain ; cha 'n fhaod sinne 'bhi tuilleadh 's muldach ; 's ann is fheudar do mhisneachadh, agus guidhe gu math dhuit."

Cha b'urrainn gin againn àicheadh nach robh an fhìrinn aig ar màthair. Air a shon sin, bha sgàil air tighinn thairis air an dachaidh, a chionn cha bhiodh e gu bràth mar a bha e, as eugmhais Iain.

Air an latha sin féin chaidh snàth stocaidhnean a chur air leth air son tòiseachadh air gach ni feumail a dheanamh deas; agus anns an fheasgar, thainig an tàillear, agus ghabh e tomhas Iain gun chur thall no bhos. Bha Raonaid a làthair an uair a ghabh so àite. Sheall i le spleadh nas o aon gu aon, ach cha d'thuirt i facal. Cho luath 's a fhuair i mise leam fhéin chuir i a' cheisd gu h-ealamh, "Ciod a th'air tighinn thairis air Iain gu'm bheil e air gabhail 'na cheann falbh a dh'aon bheum mar so?"

"Cha'n urrainn domhsa 'ràdh."

"'Bheil sin a' ciallachadh nach 'eil toil agad a ràdh?" dh' fhoighnich Raonaid a rithis.

"Cha d'thubhairt e diog m'a dhéighinn gus an diugh 'sa mhaduinn," fhreagair mi. Chum Raonaid 'na tosd.

Thill sinn a stigh do'n chitsean, far an robh càch. Bha iad a' bruidhinn mu dhorchadas na h-oidhche; oir bha ceò dòmhail ann, agus bha 'n tàillear a' deanamh bòsd as a mhisneach féin, ag ràdh gu daingeann gu'n robh e os ceann geilt a ghabhail ged a sheasadh duine air thoiseach air air a rathad dhachaidh gu a sporan no a bheatha 'thoirt uath.

"'S math dhuitse nach 'eil eagal gu'n tachair sin!" arsa Raonaid, "Cha'n 'eil fhios na'n tachradh nach toireadh tu do shàiltean às glé luath."

Air sin, dh' fhàg an tàillear oidhche mhath againn, agus dh'fhalbh Raonaid beagan as a dhéigh.

“Illeasbuig!” ars’ ise, “thig thusa dh’ionnsuidh an doruis againn leam; cumaidh tu na bòcain air falbh an déigh na bha de bhruidhinn orra!” agus chaidh iad ’nan dithis a mach.

Bhiodh mu sheachduin air dol thairis mu’n do thill an tàillear. Tuille ’s aon uair thubhairt sinn ri chéile, “Cha ’n ’eil fhios ciod a th’ air tighinn ris an tàillear?” Uair no dhà, an uair a thàinig sinn a mach leis so, dh’ amhairc Raonaid agus Gilleasbuig air a’ chéile, agus thigeadh Gilleasbuig a mach le spreadhadh gàire. “Aoidh ur n-uile oirbh!” arsa m’athair, “tha rud-eiginn eadar sibhse ’nur dithis mu’n tàillear, ciod air bith e!”

Cha do thuig sinn an gnothuch gus an do thill an tàillear le deise Iain deas glan. Bha sinn amharusach gu’n robh ni éiginn ceàrr nuair nach d’thàinig e feadh na seachduin; agus ged nach robh fhios aig m’athair is mo mhàthair air, dh’ fheòraich iad dheth gu caoimhneil ciamar a bha e o’n a chunnaic iad roimhe e.

“Nach cuala sibh diog?” dh’ fharraid an tàillear.

“Cha chuala,” arsa m’athair, “an robh dad air aimhreach?”

“Nach deachaidh mo robadh de m’ sporan, agus mo bheatha a chur an cunnart.

Dh’ asluich sinn air a h-uile car innseadh.

“Cha robh mi ach mu mhìle as a so, agus dìreach air an taobh so de’n Aonaidh, an uair a thàinig duine mòr àrd a mach o chùl na creige,

agus leis an dag ri clàr m' aodainn thug e òrdugh dhomh mo sporan a liubhairt, air-neo mo bheatha a chur an cunnart. Cha robh a chridhe agam carachadh, mu'n rachadh am peilear tromham; mar sin cha robh dol as a' chàs, agus thug mi 'n sporan do 'n bhéist."

Thug mise 'n aire gu'n robh Gilleasbuig thall an dùbhradh na h-oisinn a' call a lùthais a' gair-eachdaich; ach bha Raonaid gu dùrachdach a' figheadh a stocaidh.

"Co-ris a bha 'n duine coltach?" dh' fheòraich i de'n tàillear.

"Bha e tuilleadh 's dorcha g'a dheanamh a mach; ach cha chreid mi gur e duine de mhuintir an àite so 'bh'ann; bha e cho caol àrd; bha cleòc air, cuideachd; agus cha'n aithne dhomh duine mu'n cuairt an àite aig am bheil cleòc ach fear an tighe so."

Chaidh Raonaid a mach car prioba, agus thill i le cleòca m'athar oirre, agus boineid Ghilleasbuig. 'Na làimh bha marag dhubh a dh'ionndrainn mo mhàthair o'n mhaide air an robh sreath dhiubh an crochadh.

"An e so an seòrsa duine a thug do sporan uait?" dh'fharraid Raonaid, a 'cur an sporain air a' bhòrd air a beulaibh.

Spleuchd an tàillear oirre car mionaid; an sin thog e 'n sporan agus dh' fhalbh e am feirg a' maoidheadh gu'n toireadh e gu cùirt i air a shon so fathast.

Ach bha aon eile a làthair a chum a theangadh, ged a las 'aghaidh suas le gàire mear. B'e sin Iain. Mu'n d' fhalbh e bha e féin agus Raonaid ùine fhada a' bruidhinn ri chéile; agus 's e thainig a mach as a sin nach b' ann idir gu muladach a dh'fhàg e beannachd againn. Fhuair e gealladh o Raonaid gu'n rachadh i gu bhi 'na bean-tighe dha cho luath 's a bhiodh e deas air a shon sin, an áite 'bhi dol a mach le maraig dhuibh gu daoine a robadh air an rathad-mhòr.

An uair a tha daoine trang, toilichte, théid an ùine seachad gu math luath. Mu bhliadhna-guleth an déigh do Iain ar fàgail, bha e air a dheadh shuidheachadh aig Grìobunn, agus brath aige air tigh. Cha robh grabadh air thoiseach air a' chàraid òig. Mar sin chaidh an còrdadh a dheanamh, agus latha na bainnse 'shocrachadh.

Bha h-uile duine mu'n cuairt toigheach air an dìthis; agus cha robh caomhnadh air cearcan, no tunnagan, no caoraich. Chaidh uibhir 's a dh'fhoghnadh air son dà bhanais a thaomadh a stigh le làimh nan coimhearsnach — ach cha'n 'eil feum air so innseadh, oir tha fhios aig an t-saoghal air caoimhneas nan Gàidheal aig àm de'n t-seòrsa.

Trì làithean roimh àm na bainnse chaidh mise null gu Aird-Obhra, an I Chalum Chille, a dh'fhaicinn bana-charaid a bha 'dhìth oirnn gu ar cuideachadh. Chaidh sinn còmhla a null gu ceann an eilein, a dh'ionnsuidh na tràigh de ghainmheach gheal mhìn, far am faightear na clachagan bòidheach

uaine air am bheil uibhir mheas an diugh le luchd-taghail. Aig amharc a mach air a' chuan, thug mi'n aire gu'n robh Tìr-iodh mar gu'n robh e 'g éirigh as an fhairge. A nis, tha Tìr-iodh cho òsal gu'm bheil e duilich a thogail ri sìd mhaith shoilleir ; mar sin chuir e iongantas orm na ceithir cnuic òsal fhaicinn cho dealbhach. "Seall, a Bheitidh!" ghlaodh mi, "tha Tìr-iodh ag éirigh as an fhairge!"

"Mise 'n diugh!" arsa Beitidh, "am faic thu na tha de sgeirean ag éirigh aig oir a' chuain, agus na tonnan geala m'an timchioll?"

Am feadh a bha sinn a' coimhead orra thòisich uidh-air-n-uidh coltas an éilein ri bhi air a dhealbh 'na sheasamh air a cheann anns an speur, thairis air an fhòr éilean. An sin, uidh-air-n-uidh mar a thàinig e, bhris e suas, agus chaidh e as; agus aig a' cheart àm dh'fhalbh na sgeirean as an t-sealladh, agus bha Tìr-iodh cho òsal 's a bha riamh.

"Ciod is ciall da so?" thuirt mise le uamhas.

"B'fheàrr leam fhéin gu'n robh a' bhanaid thairis!" arsa Beitidh.

Dh'fhalbh sinn dachaidh; agus chaidh Beitidh leam gu Cnoc-Mhaolagain. Dh'fheuch sinn an drùghadh a rinn an sealladh oirnn a thilgeadh dhinn; ach thug mo mhàthair an aire nach robh sinne uile-gu-léir cho cridheil 's a bu chòir do mhuinntir bainnse a bhi. Dh'innis sinn dith an sealladh a chunnaic sinn 'nar seasamh air an tràigh an I.

"So, a dhuine," ars i ri m'athair, a thàinig a stigh

le bràid a bha e 'dol a chàradh, "an cluinn thu ciod a tha na h-ingheanan so ag ràdh?" agus dh'innis i dha an sgeul a bh' againn á I.

"B'àill leam fhein gu'n robh a' bhanais thairis!" thuirt Beitidh a rithis.

"B'fheàrr leamsa sinn cuideachd," fhreagair m' athair le fiamh-ghàire, "ach 's ann a chionn gur fìor chomharradh stoirm a chunnaic sibh. Tha feith mhòr anns na làithean so; ach an uair a bhriseas air an t-sìd thig gaillionn gur ainneamh a leithid. Ach tha sinn an laimh a' Chruithfhir."

Mar so chaidh an gnothuch seachad. Air a shon sin, rinn e uibhir dhrùghaidh air m'athair, agus air Iain Gobhainn, gu'n d'rinn iad gach sìon ullamh, los nach biodh grabadh 'san rathad, gu muinntir fhaighinn sàbhailte dhachaidh na'n tigeadh briseadh air an t-sìd. Ach chaidh gach ni gu réidh air adhart, agus aig an aon àm bha 'ghaillionn a' bagradh 's a' dlùthachadh.

Mu dheireadh bha 'm pòsadh thairis, agus bha a' chàraid òg le buidhinn de na càirdean deas gus an rathad a ghabhail gu Griobunn. Chaidh na beannachdan 's na guidheachan matha fhàgail air gach taobh. An uair a thill Iain a dh'ionnsuidh an doruis far an robh ar màthair 'na seasamh, rug e air laimh oirre, agus chaidh iad a stigh do'n tigh.

"Ciod a dh'fhairich thu, Iain?" dh'fharraid mo mhàthair.

"A Mhàthair," ars esan, a' toirt dheth a bhoineid ghuirm, agus a' cromadh air thoiseach oirre, "ged

a tha mi 'falbh gu sona riarichte dhachaidh, tha mulad orm ur fàgail: thoiribh dhomh ur beannachadh!"

"A Mhic," fhreagair a mhàthair le 'sùilean làn, agus a' leigeil a làmh air a chamagan dubha mar gu'm bu ghiullan e, "tha mo bheannachadh agad daonnan. Thoir t'uan geal dhachaidh, as a nead glan; agus gu'n robh beannachadh an Tighearna agus mo bheannachd-sa agaibh a ghnàth."

Mar so dhealaich iad.

Chaidh na càirdean leò a dh'ionnsuidh an doruis aca, agus dh'fhalbh gach aon d'a thigh féin. An sin bhris an doinionn.

Aig feasgar an ath latha thàinig Dòmhnall Mac 'Ill-eathainn, aon de choimhearsnaich Iain, á Grìobunn chun an doruis againn. "Thigibh a stigh, thigibh a stigh; 's e ur beatha tighinn!" ghlaodh m'athair gu cridheil.

"Am faca sibh Iain is Raonaid an diugh?" ghlaodh mise. Ach dh'fhan an duine 'na thosd.

"Ciod a th' air tachairt?" dh'fharraid mo mhàthair le ciùinead, ged a bha 'n iomagain 'na sùil.

"An uair a dh' éirich sinn an diugh, 's a chaidh sinn a mach, chunnaic sin gu'n do thuit meall mòr a nuas o'n chreig——"

"C'àite?" bhris o bhilean Ghilleasbuig.

"Air tigh Iain."

"Ach ciod e sin ma tha iad fhéin sàbhailte. Ciod a thachair riu fhéin?" dh'fhoighnich ar màthair.

“’S ann feadh na h-oidhche ’thachair do’n mheall tuiteam,” fhreagair Dòmhnall.

Cha robh feum air tuilleadh a ràdh?

Chaidh fios a chur air a’ mhinistear a phòs a’ chàraid òg. Rinn sinn a réir a chomhairle. Mhair an stoirm trì làithean. Thàinig fèith anabarrach ’na dhéigh. Bhoillsg a’ ghrian a mach gu h-àillidh. Thrus an dùthaich còmhla a chum seirbhis an tiodhlacaidh. Thàinig an sluagh ’nam buidheannan o gach ceàrn, leis a’ phòb air an ceann. Cha bu lugha na naoi no deich plobairean a sheas am meadhon an t-sluaigh air an latha sin; agus an uair a dhùisg iad mac-talla a’ ghlinne le “Cha till, cha till, cha till mi tuilleadh,” theirteadh gu’m b’ iad guth bròin nam beannta ’s a’ chuain—seadh na gréine féin—a’ caoidh an dithis nach tilleadh gu bràth a chur aoibhneis air cridheachan na muinntreach a dh’ fhàgadh as an déigh.

Labhair am ministear o na briathran, “Bha iad gràdhach agus taitneach ’nam beatha; agus ’nam bàs cha do sgaradh iad.”

Cha robh sùil thioram anns a’ chomh-chruinneachadh mhòr sin; agus dh’fhàg sinn Iain agus Raonaid an sin, far an d’ adhlaic an Tighearna iad.

Bho’n latha sin gus an diugh ’s ainm do’n mheall cloiche sin “Clach na Lànan”: ’s e sin Clach na Càraid Oig.

OIGHRE 'N DÙIN-BHÀIN.

BHA oighreachd an Dùin-bhàin, oighreachd a' Chnoic agus oighreachd na Coille-mòire a' coinneachadh sròn ri sroin aig Eas-a'-choire. B' e Eas-a'-choire féin an t-aon eas 'san dùthaich— agus 's iomadh eas a th' innte. Chluinnteadh a thuraraich an tri oighreachdan. Nuair a bhiodh tuil an amhainn a' ghlinne agus stoirm de ghaòth 'n ear air aodann a' Chruachain Mhòir, bhiodh sloban an eas 'na mhill mhòra, gheala ag uisgeachadh fearann thrì uachdaran. Bha tigh mòr gach oighreachd an sealladh a chéile, 'gan altrum, gach fear dhiubh, an uchd na beinne, agus an cuid shimilearan mar an ceudna ag éirigh suas am measg chraobhan brèagha de 'n do chrath gaoth gharbh an fhoghair duilleagan bòidheach iomadh samhraidh agus de'n do leagh grian bhlàth an earraich sneachd geal iomadh geamhraidh.

Bha aig Fear na Coille-Mòire an aon nighean a bu bhrèagha 's a bu snasaire 'san dùthaich o cheann gu ceann. Cha bhiodh banais no faidhir no cruinneachadh eile 'sam biodh Iseabal òg, nach toireadh i 'n t-urram as; agus sin le làn aonta gach mnatha 'san sgèreachd aig an robh nigheanan crìochnaichte iad féin: agus bu mhath an t-urram

sin. Cha robh iognadh, ma ta, ged a bha sùil gach uasail òig air Iseabail.

B' iomadh gille òg smearail, le cuid is cuideachd, spréidh is ionmhas, a bha 'n geall oirre. 'Nam measg so, mar a h-aon 's mar a dhà—mar a their iad—bha oighre a' Chnoic. Bha sùil làidir aig a h-athair an oighre a' Chnoic a dh' Iseabail, a chionn gu 'm b' e a bu bheartaiche; ach bha sùil mhaoth, bhlàth, o chridhe làn gaoil, aig Iseabail òig an oighre 'n Dùin, a chionn gu'm b' e a bu tlachdmhoire. Bu tearc iad a ghiùlaineadh iad féin 'san deise Ghaidhealaich cho uaibhreach, calma, fearail ri Murchadh òg an Dùin. Cha do shuidh riamh an diollaid a b' fhèarr a mharcaicheadh; cha do sheas an ruithle a b' fhèarr a dhannsadh; agus cha do chuir gunna r' a shùil a bu chinntiche a leagadh damh cabrach nan stùc na e. Bha e 'sna h-uile dòigh a dh' iarrteadh e, deas, dìreach, ealanta, buadhmhor; agus, mar a thubhairt mi, bha shùil-san innte-sa.

Cha 'n eil teagamh nach pòsadh iad, cuideachd, ri ùine mur a bhiodh aon rud sònraichte—agus, 's ann air sin a dh' ìnnseadh an sgeul—a thachair 's a bu reuson do Mhurchadh a chùlaibh a thoirt air an dùthaich fad mòran bhliadhnachan. Thachair rud no dhà 'san ùine sin; agus b' ann diubh pòsadh Iseabail ri Sasunnach òg, beartach.

Air an oidhche air an do thachair an drideart a thugair Murchadhan dùthaich fhàgail, bha deireadh-bhuana air a ghleidheadh anns a' Choille-mhòir.

Bha cuideachd mhòr, àluinn an làthair, mar bu ghnàth do gach cruinneachadh de 'n t-seòrsa 'sa Ghaidhealtachd o shean : gillean fiughanta, fearail, foghainteach ; ceatharnaich chalma, cholgarr, ghasda ; agus mu 'n coinneamh maighdeannan nach robh mìr a' tair orra. Mar a h-aon 's mar a dhà de na bha'n làthair, bha oighre an Dùin is oighre a' Chnoic : dithis a bha 'n eud r' a chéile air son Iseabail. Bha 'n oidhche 'ga caitheamh gu sunndach, aighearach ; fuaim fharumach aig casan sgiobalta air ùrlar liobhanta ; mac-talla nan creag ag aithris gu caitheamach an aodann gach stalla fuaim nan òran is ceòl na pìoba. Bha oighre an Dùin is oighre a' Chnoic a' strìth cò bu trice bhiodh an cuideachd Iseabail. Na 'm biodh i an ruithe leis an dara fear an tràth-s', bhiodh i leis an fhear eile a rithis.

Bha 'n t-slige dol mu 'n cuairt gu tric fad na h-oidhche ; agus mar bu mhotha bha 'n deoch làidir a' gabhail ris na gillean, 's ann bu trice bha i a' dol mu 'n cuairt. Dh'éirich Murchadh òg an Dùin am meadhon na cuideachd, 's an t-slige làn 'na làimh, agus ars esan " Air slàinte sìol 'Ill-eathain anns gach àite 'm bheil iad : fìr mhòr an Leithir, gillean dubha Bhròlais agus garbh-bhrotaich an Rois." Thaom e 'n t-slige thairis agus ars esan a rithis " Cluichidh a nis Seumas bàn pìobaire Spaidsearachd Chloinn 'Ill-eathain." Chuir Seumas a suas a phìob ; ach mu'n d' rinn e ach séid no dhà a chur 'sa mhàla, chuir oighre a' Chnoic cagar 'na chluais agus bonn òir

'na làimh. Lìonadh a' mhàla; thug am feadan 's na duis sgreuch asda còmhla. Bhuail Seumas bàn a lùdag gu loinneil an àm a' phiob a ghleusadh; thòisich e air spaidsearachd gu h-innich is dh'éisd a' chuideachd ri "Cruinneachadh Ghlinne-garadh." Shruth an ceòl mòr a mach gu h-àluinn as an fheadan 's as na duis. Ghiùlain an osag an fhuaim is thilg na cnuic gu chéile i. Dh'éisd Murchadh greis; ach cha do thòisich Seumas bàn air an t-siubhal nuair a stad an ceòl. Leum Murchadh is thug e 'n gothaire a beul a' phìobaire, is mu'n gann a bhàsaich fuaim a' chiùil 'sa chnoc a b' fhaide air falbh, bha ùpraid air ùrlar an t-sabhuil. "An ann a' toirt tamailt dòmhsa a tha thu?" ars esan ris a' phìobaire; agus, leis na facail, tharruinn e a làmh. Thuit Seumas bàn 'na ghlag air an ùrlar. Bha ub-ab feadh an tighe is thug an ceòl-gàire 's an fhearas-chuideachd àite do ghlaoidh is do bhualadh bhas.

A dh'aindeoin na chaidh de sgil a chur an céill, cha robh coltas tillidh air Seumas. Shiolaidh fearg Mhurchaidh a sìos. Chunnaic e'n cunnart 'san robh e; agus gun dàil smaointich e air an dùthaich a thoirt fo cheann. Dh'fhalbh e—aon mhac athar 's a mhàthar—'s mu'n do dhèarrs grian bhuidhe na maidne foghair air cnocan glas an Dùin, bha Murchadh astar math gu Galdachd. Ràinig e Grianaig; ach cha robh e fad an sin nuair a fhuair e fios o mhac brathair-athar da gu'n robh Seumas bàn marbh 's gu 'm b' fhearr da teicheadh as an dùthaich. Ràinig an naigheachd so a chridhe gu

mòr : gu'n robh e 'na mhurtair, gu 'm feumadh e teicheadh, 's nach faiceadh e a chuideachd gu bràth ! Ach rinn e suas inntinn. An latha no dhà chaidh e air bòrd luinge 'na sheòladair.

Bha 'n long a' dol air thurus gu Astrailia, is bha Murchadh am beachd a fàgail thall agus a rathad a dhèanamh mar a b' fhéarr a dh' fhaodadh e gu Balarat, a dheanamh fhortain aig an òr. Ach cha b' e fortan ach mi-fhortan a' cheud rud a thachair do Mhurchadh bochd. Chaidh an long a chall air taobh an iar na h-Aifric ; agus b' e Murchadh fhéin an t-aon fhear de na bh' air bòrd a chaidh a shàbhaladh. Shnàmh e gu sgairteil am measg nan tonnan mòra ; ach nuair a ràinig e cois na tuinne, na b' fhaide cha b' urrainn da dol. Bha e air tràigh chòmhnaird, ghil ; ach bha e cho claoidhte leis a' ghàbhadh mhòr as an d' thàinig e, 's nach d' rinn e ach imeachd astar beag air a mhàgan, 's e féin a shineadh anns an fheamainn. B' e beul an latha bh' ann ; bha 'n iarmailt air a còmhdach le brataich thruim de neòil dhubha a bha spùtadh a mach gaithean dèarsach de theine, 's anns an robh na torruin a' nuallanaich gu h-oillteil. Bha 'n stoirm a' bùirich, 's an fhairge a' beucaich mar bheathach fiadhaich, 's na tonnan gàireach, geala 'gan cosg fhéin ris an tràigh. Thàinig cadal trom air Murchadh ach, thar leis, mar gu 'm b' ann am bruadar, gu'n cual e guth mu'n do thuit suain air, a bha 'g ràdh gu muladach :

“ Faicibh oighre 'n Dùin 'sa chladach ;
 Faicibh oighre 'n Dùin ;
 Faicibh oighre 'n Dùin 'na chadal,
 'S an cuan a' seinn da ciùil.”

“ Ach tillidh oighre 'n Dùin rinn fhathast,
 Tillidh oighre 'n Dùin ;
 Nuair thilleas Murchadh òg gu dhachaidh,
 Bidh sunnd is sùrd 'san Dùn.”

Cha robh cuimhne aig Murchadh air a' chòrr. A' cheud fhosgladh a rinn e air a shùilean fhuair e e féin 'na shìneadh air leab-ùrlair am bothaig bhig, dhuibh, agus ceithir mnathan dubha mu'n cuairt air a' freasdal gu caoimhneil da. An latha no dhà bha e cho math 's a bha e riamh, ach ceudan mìle o reachd 's o rian 's o chalachadh, 's am measg dhaoine dubha, borba, ach anns an robh nàdur glé chaoimhneil. Thug e ceithir bliadhna 'nam measg mar so gu toilichte, tighinn beò air measan 's air sithinn mar a bha iad féin. Rinn se e féin cho mòr ri cleachduinnean na dùthcha 's nan treubhan borba so gus an robh e ach gann ionann 's mar iad féin anns gach dòigh, ach gu'n robh e geal ; agus cha mhòr nach do dhi-chuimhnich e sin féin. Cha toireadh a h-aon diubh bàrr air air muir no air monadh, agus thug e oileanachadh mòr daibh ann a bhi togail thighean agus an oibreachadh a' ghruinnid as an robh iad a' toirt cuid mhoir d' an lòn.

Cha robh dùil aige ach gu 'm bàsaicheadh e 'san dùthaich fhiadhaich so gus aon latha an d' thàinig

soitheach mòr dlùth do 'n chladach le ceò. Chaidh Murchadh air bòrd na luinge so le currach. Bu soitheach Albanach i a bha dol gu ruig Astrailia. Rinn e féin 's an sgioba gairdeachas mòr r' a chéile. Ghabh e a thurus leis an luing, 's le deòir 'na shùilean, dh' fhàg e beannachd aig a chàirdean, na daoine dubha. Ràinig an long a ceann-uidhe gu sàbhailte. B'e sin Melbourne, 's cha bu luaithe fhuaire Murchadh a chas air tìr na thug e aghaidh air Balarat. Choisich e a h-uile ceum de 'n rathad maille ri iomadh h-aon eile a bha air a' cheart turus. Ràinig iad, mu dheireadh, baile mòr an òir; agus cha b' fhada gus an deach muinntireas a chur orra aig obair a thug fortan do phàirt agus mifhortan do phàirt eile. Ach bha Murchadh òg de 'n cheud phàirt.

Cha robh e mòran ùine 'san dùthaich 'nuair fhuaire e toll òir da féin; agus thòisich am beartas air sruthadh chuige. An déigh a bhi fichead bliadhna am Balarat, smaointich e: o 'n a bha maoin gu leòir aige 's gun duine ann aig am fàgadh se e, gu 'n rachadh e a chosg a chèrr d'a bhliadhnachan air ais 's air aghaidh feadh na dùthcha is nam bailtean mòra. Cha chual e sgeul riamh o 'n t-seann dùthaich; is b' àill leis nach cluinneadh air eagal 's nach b' e sgeul ro thaitneach a bhiodh innte.

Co dhiù, dh'fhàg e beannachd aig na tuill òir agus dh' fhalbh e an cuideachd fear de na carbadan a bha giùlan an òir gus na tighean taisg anns na bailtean

mòra. Fhuair iad air an aghaidh gu math gus an robh iad a' dol troimh choille mhòir far an robh an rathad gu math garbh, tolgach. An aon bhad b'fheudar do 'n charbad seasamh gus an cuirteadh as an rathad craobh mhòr a bha tarsuinn air a cheum. Anns a' mhionaid chaidh ionnsuidh a thoirt air a' chuideachd le luchd-reubainn. Thòisich losgadh air gach taobh; ach fhuair luchd dìon a' charbaid a' chuid bu mhiosa dheth, agus theich iad. Sheas Murchadh gus an fhear mu dheireadh, 's e losgadh o chùl craoibhe. Ach, mu dheireadh, b'fheudar da a chasan a thoirt leis. An àm ruith le bheatha thuit e, agus anns an dol sìos a bh' aige thug peilear srann a' dol troimh fhalt. Dh'fhan e mar a bh' aige agus shàbhail sin a bheatha dha; oir shaoil na robairean gu 'n robh e marbh, 's cha d' thug iad an còrr sùl air. Spùinn iad an carbad is dh' fhalbh iad an cabhaig.

Nuair a thog Murchadh a cheann, cha robh ri fhaicinn ach capull bàn a dh' fhàg na robairean 'nan déigh leis a' chabhaig. Bha i ag ionaltradh mu 'n cuairt; ach smaointich Murchadh o'n a bu chapull searraich i, gu 'n toireadh i a h-aghaidh air an tigh gun dàil. B'ann mar sin a bha; agus lean e i air a shocair. Am beul an latha ràinig i coltas tighe tuathanaich; agus b'e sin tigh nan robairean. Nuair a thàinig an latha air aghaidh gu math, chaidh e a stigh. Dh'innis e mar a dh' éirich da an oidhche roimhe sud; is cha do ghabh e air gu 'n robh amharus 'sam bith aige orra-san; is cha mhò

thuig iadsan gu'n do bhrath an capull bàn iad. Rinn na robairean caoimhneas mòr ris; agus bu bheag an dùil gu'n do choinnich iad roimhe. Dh' fhan e 'nan cuideachd gu maduinn an là-arn-a'-mhàireach, agus, nuair a dh' fhalbh e, chuir iad biadh is deoch leis.

Coma leibh na co-dhiù, cha deach e fada air a shlighe nuair a thachair marcaich air. Dh' fhoighnich e 'n rathad deth agus c' àite 'm faigheadh e tàmh car oidhche. Fhreagair Murchadh gu'n robh tigh tuathanaich chòir beagan mhiltean roimhe far am faigheadh e aoidheachd gu là. "Tha droch ainm aig an tigh sin," ars an coigreach. Arsa Murchadh "'s iad na daoine is cneasda thachair ormsa riamh; agus 's iomadh dorus a ràinig mi nis. 'S ann a ni iad gàirdeachas ri duine dhol an rathad a bheir dhaibh eachdraidh an t-saoghail, 's iad cho leathoireach. Sin mar a fhuair mise iad, co-dhiù; agus moladh gach neach mar a gheibh." An déigh greis a thoirt a' còmhradh taobh an rathaid mhòir, dh' fhàg iad beannachd bhlàth aig a chéile, is thug gach fear aghaidh air a cheann féin de 'n rathad.

Bha Murchadh glé thoilichte fhaotainn cuibhte 's a charaid. Chum e cluas ri claininneachd an oidhche roimh sud, is bha fhios aige gu'n tachradh fear de na robairean air an riochd coigrich mu 'n rachadh e ro fhad air aghaidh. Bha so a thogail brath ciod e barail Mhurchaidh orra; 's na 'n do thuig e an fhìor bharail sin cha deach Murchadh

bochd na b' fhaide. Ach bha Murchadh cho seòltaris an robair féin.

'Na dhéigh so thug Murchadh trì làithean is trì oidhcheannan air an t-slighe mu 'n do thachair smùid air. Bha e a' cadal am preasan chraobh, is a' tighinn beò air measan. Ach air feasgar a' cheathramh latha ràinig e bothag bheag, taobh an rathaid mhòir. Dh'iarr e cuid oidhche agus fhuair e sud gu fialaidh. Bha 'n bothag so sè mìle o bhaile, is cha robh innte ach aon duine a bha glacadh choineanach. Bha e ro-thoilichte companach fhaotainn aon oidhche fhéin. Agus nuair a fhuair Murchadh biadh is deoch is gabhail aige gu math, thòisich sgeulachdan is òrain mhatha Ghàidhlig, agus ceòl na pìoba—oir b' fhìor Ghaidheal a bha 'sa bothaig. Bha Murchadh a' dannsadh r' a fhaileas leis a' cheòl bheadarach. An déigh greis air ceòl meàrsaidh is ceòl dannsaidh, thuir am pìobaire "cluichidh mi nis ceòl mòr, ma thoilicheas tu." "Tha mi ro thoileach," arsa Murchadh. Chuir am pìobaire suas na duis a rithis; lìonadh a' mhàla; shiubhail na meòir gu smearail air an fheadan an àm gleusadh na pìoba. Thòisich an ceòl. Dh' éisd Murchadh le ceann crom, le sùilean làn 's le osnaibh troma. Bha 'm pìobaire a' spaidsearachd le ceum socrach air ais is air aghaidh air an ùrlar.

Thaom an ceòl a mach, is bha gach lùb is gach car 'sa phort a' toirt dealbh na seann dachaidh fa chomhair Mhurchaidh. Thàinig a' cheud latha de

na ceithir bliadhna fichead a shìn o 'n d' fhàg e 'n tigh, gu soilleir 'na làthair : sabhul nam Blàr-uaine, am bàl, Iseabal òg, an comunn greadhnach, Seumas bàn plobaire, is athair 's a mhàthair fhéin le 'n cridheachan goirte. B'e "Cruinneachadh Ghlinne-garadh" a bh' ann. Sguir an ceòl ealanta, is phlosg cridhe Mhurchaidh nuair a chuimhnich e gu 'n robh e fhathast miltean de mhiltean o 'n dealbh air an do sheall e 'na inntinn. Ach shuidh am plobaire, 's e féin fo sgleò. Las e a phiob thombaca, is nuair a thòisich an ceò liath air dìreadh 'na chuartagan 's 'na chearcail ghrinn a suas gus na sparán, ars esan le osnaich thruim, "Cha'n eil uair a chluicheas mi 'm port ud, 's mi leam fhéin an so, nach bi mulad orm 's nach bi mi smaointinn air aon rud sònruichte a thachair mu 'n d' fhàg mi 'n tigh."

Chuir e caoran ris a' phìob, a chasan bac-air-oireig, is dh' éisd Murchadh le iognadh. An robh neach eile ann d' an robh a' cheart phort ud a' toirt dachaidh cuimhneachain, cho math ris féin? An robh am plobaire 'sa cheart suidheachadh 'san robh esan? Dh'èisd e gu mion ris an sgeul. "Bha mise," ars am plobaire "oidhche shònruichte aig deireadh-bhuana. Bha dithis ghilleán òga, gasda an sin an eud da chéile air son nighinn bhrèagha de bhana-choimhearsnach daibh; agus dh' iarr fear diubh ormsa, air son fearg a chur air an fhear eile, 'Spaidsearachd Chloinn 'Ill-eathain' a chluich. Dh' iarr am fear eile, an cagar, 's e a' cur gini òir

'nam làimh, 'Cruinneachadh Ghlinne-garadh a' chluich. Thòisich mi air a' phort; ghabh Murchadh òg mo rùin, 's an deoch air, sud gu h-olc. Thug e leum chugam agus gun mhòran a ràdh, bhuail e mi. Thuit mi mar phloc air an ùrlar. Bha mi gun diog a slos no a nìos agam fad thri uairean. Shaoileas gu 'n robh mi marbh; ach le sgil, thàinig mi mu 'n cuairt."

"Co-dhiu, mu 'n d' fhosgail mi mo shùilean, neo eadhon, mu 'n d' thug mi a' cheud phlosg asam thug oighre bòidheach an Dùin-bhàin gu bràth a chul air an dùthaich. Chualas gu 'n do sheòl e air luing mhòir thri crann a mach á Grianraig. Ach chaidh a call, is cha chualas guth riamh air duine de na bha air bòrd. Shaoil an gille bochd gu'n robh mise marbh is theich e. Thig na deòir 'nam shùilean fathast nuair a chuimhnicheas mi air."

Thiormaich am plòbaire a shùilean; las e 'n creatha a rithis; ach mu 'n gann a tharruinn e aon toit, dh' éirich Murchadh, 's e gus an so balbh, dall mar h-aon fo gheasaibh; chuir e a dhà laimh mu mhuineal a' phlòbaire is phòg e gun stad e.

"A Sheumais bhàin, eudail," ars esan, "am bheil thu beò fathast, ged is iomadh deur goirt a leig mi agus ceum allabanach a thug mi air son do bhàis o chionn ceithir bliadhna fichead? Is mise Murchadh òg an Dùin! An aithnich thu idir mi? A Sheumais, a rùin, a rùin!" Agus chaoin Murchadh a rithis le toil-inntinn 's le gàirdeachas.

“Tha mi 'gad aithneachadh a nis, a Mhurchaidh, ach ma leigeas tu fhaicinn domh am miann a tha fo d' chìch dheis bithidh mi cinnteach gur tu a th' ann.”

Rinn Murchadh sud. Rinn na fir gàirdeachas-mòr r' a chèile. Shuidh iad taobh an teine a' chuid a b' fhèarr de 'n oidhche; agus b' iomadh naigheachd a dh' aithris iad da chèile. Bha Murchadh an là-arn-a'-mhàireach na bu toilichte na bha e còrr math agus fichead bliadhna roimhe sud. Rinn e suas inntinn air ball, dol dachaidh; agus rinn Seumas bàn an ni ceudna, 's e fhéin an déigh fortan a dheanamh, cuideachd.

A dheanamh naigheachd ghoirid de naigheachd fhada, bhrath Murchadh na robairan is fhuair e airgead-cinn mòr. 'Na dhéigh sin sheòl e féin agus Seumas bàn dhachaidh. Ràinig iad tìr nam beann gu sàbhailte. Rinn an càirdean—na bha beò-dhiubh—gàirdeachas mòr riutha. Bha athair is mathair Mhurchaidh fhathast an tìr nam beò, agus bha toileachadh thar tomhais orra an aona mhac a thilleadh beò slàn a shealbhachadh oighreachd athraichean. Bu bhuille ghoirt do mhac brathair athar Murchadh a thogail a chinn. B' ann an dòchas Murchadh a dh' fhuireach air falbh a sgrìobh e chuige na breugan mu Sheumas bàn, is gu 'm faigheadh e féin an oighreachd. Ach, gu h-iongantach, thill oighre dligheach an Dùin. Iomadh latha an déigh tilleadh dhachaidh, is minic a chuimhnich Murchadh, nuair a bhiodh e air a

sheann eòlas am measg nan cnoc 's nan glac 's nam
preas, air a' cheòl neònach a chual e nuair a bha e
air a thilgeadh air cladach fhiadhaich na h-Aifric.

Faicibh oighre 'n Dùin 'sa chladach ;
Faicibh oighre 'n Dùin,
Faicibh oighre 'n Dùin 'na chadal,
'S an cuan a' seinn da ciùil.

Ach tillidh oighre 'n Dùin rinn fhathast ;
Tillidh oighre 'n Dùin ;
Nuair thilleas Murchadh òg gu dhachaidh,
Bidh sunnd is sùrd san Dùn.

Agus thachair sin.

MÒRAG NA LÀRAICH MHEADHOIN.

“ Na blàran a tha prìseil,
'S na fàsaichean 'tha llonmhor,
O, 's ait a leig mi dhlom iad ;
Gu bràth mo mhle beannachd leò !”

Cead déireannach nam beann.

AN Apuinn Mhic Iain Stiùbhaird, shuas air druim fheuraich, eadar Beinn Donn agus Beinn Sgliuthach, tha seann làrach tighe ri fhaicinn, ris an abrar An Làrach Mheadhon.

Tha gach bliadhna 'cur sgrath ùir de'n chòinnich air a' bhalla bhrìste ; tha'n tobar tachdte le luibheannach ; tha na blàithean gàraidh air fàs fiadhaich o chionn fada, ach tha a' chraobh uinnsinn, fo'n do chluich a' chlann, fathast a' sgaoileadh a geugan thairis air an tom ; agus chithear gu soilleir iomairean nan croitean air an do chinn an t-arbhar anns na bliadhnachan a dh'fhalbh.

Theireadh duine gu'm b' àit' air leth aonaranach e gu fantainn ann ; ach tha e cho àrd am measg nam beann gu'm bheil sealladh farsuing ri fhaotainn uaidh, air muir agus tìr : sealladh a thoirt togail air cridhe duine. Mu'n cuairt tha cuideachd fhathail

nam beann. Ris an iar-thuath tha Beinn Bheithir, le Sgùir Dhearg agus Sgùir Dhòmhnuille ag amharc tarsuinn air an t-Srath, agus, le Fraochaidh, a' druideadh a stigh Gleann Dùbhrar. Tha'n Linne Sheilich, mar sgàthan airgid a' sìneadh a null gu Aird-ghobhar. Tha Beinn Sgliuthach a' falach na Morairne; ach thairis air cùl Liosa-mòire chithear an Linne Mhuileach, leis an Dorus Mhòr ris an iar-dheas. Aig ìochdar Latharna tha bideinean Dhiùra ag éirigh, mar neula liath-ghorm, far am bheil muir agus speur a' coinneachadh, bile ri bile. Na 's dlùithe làimh, air taobh deas an t-Srath, tha monadh nan Arda, ìosal, fraochach, le ceann agus gualainn Beinn Bhreac; ach tha Beinn Donn a' tighinn eadar sinn agus Loch Creuran, a tha mar abhainn a' ruidh a suas aig an casan.

B'ann an so, ma tà, a bha dachaidh Iain Mhic Labhrainn. Cha robh Iain a bheag thairis air an fhichead an uair a lean e Fear Ionbhar-na-h-Oighle fo bhrataich a' Phrionnsa.

An déigh Blàir Chùil-fhodair, shèap gach fear a fhuair an cothrom, dhachaidh. Dh' fhalaich Fear Ionbhar-na-h-Oighle e fhéin an uaimh dlùth air an tigh aige, far an do chuir e seachad a cheud ghreis. Thug Stiùbhardach Tigh na h-Apunn air an Leabaidh-fhalaich anns a' chreig mhòir os ceann nan Dailean, far nach robh companas aige ach sgreuchail chomhachag agus chat-fiadhaich. Ach dh' amais Iain MacLabhrainn air tilleadh gu tigh 'athar, a chionn nach robh e de inbhe cho àrd gu'm

b'fhiach e 'n t-saothair sealltuinn tuilleadh's mionaideach as a dhéigh: agus a bhàrr air sin, bha'n tigh aca cho fad' às an rathad shuas am measg nam beann.

Bha Iain dèanadach, glic, agus fhuair e obair bho shean Bhan-tighearna Tigh na h-Apunn, a bha'n tigh Ghlinne Stocadail. B'ann air a son a thogadh an tigh, an uair a thug an t-oighre a bhean-òg dhachaidh. Air do athair caochladh, chum Iain an dachaidh suas air son a mhàthar. Ri ùine, phòs e nighean chruinneil, thapaidh de mhuintir Chille Mhàrtainn, a bha 'ga cosnadh an Tigh a' Ghlinne. Thàinig leis na bliadhnachan ceathrar chloinne, a lìonadh an tighe le sunnd agus sòlas.

Aonaranach ged a bha 'n àite-còmhnuidh cha robh dìth no deireas air an teaghlach. Dh'fhoghaing olann nam beagan chaorach a bh' aca gu clò agus cùbhraing a chur umpa. Thrus iad an cnotal agus na lusan leis an do dhathadh an olann, bhàrr nan clach, agus o'n choille m'an timchioll. Shnìomh agus chrois na mnathan an snàth; agus thug bean Iain e chun Alasdair figheadair, a bha fuireach aig a' Mhàs. An sin bha latha cridheil aca, an uair a thainig mnathan an t-Srath chun an luadhaidh. B'iadsan a bha mòr asda fhéin an uair a thàinig an t-aodach—

“ Brionnach, ballach, ciatach,
Triùchanach, stiallagach, gathach ”—

dachaidh bho'n Tàillear; a chionn cha robh snicean deth nach robh air oibreachadh le meòir luchd an gaoil, no corragan coimhearsnaich an gràidh. Chuir e blàthas air corp agus cridhe.

Cha robh duine 'g an còir; gidheadh, cha robh dìth bìdh orra. Chum am mart, agus na gabhair ìm, is càise, 's bainne riù; ghléidh cearc an dùnain iad an uighean; bha'm bricean an Lochan-Bhlàrn-an-Lochan aca air son dol g'a iarraidh; bha'n cuid aca, gun mhaoidheadh, de'n mhaighich 's de'n choileach-fhraoich; agus, aig àm ainneamh, bha caora ann a thoirt daibh an deagh phoit chàil, agus taigeis, agus maragan.

Cha robh dìth connaidh orra; oir bha 'n t-àite mòine cùl a' chnuic, agus cha robh bacadh orra crann a thoirt à coille, a chionn bha gu leòir ann agus ri sheachnadh. Rinn guth fonnar nan allt, agus srann tiamhaidh na gaoithe ceòl daibh; dheoghail iad slàinte 'stigh leis gach anail de àileadh fìorghlan mullach nan càrn. Cìod tuilleadh a bha dhìth orra? Bha saibhreas aca 'nan slàinte, bha iad sona 'na chéile, agus beannaichte ann a bhì làn-riaraichte le'n crannchur iriosal.

Ach c'àite 'm bheil an speur air nach tig neul! Mar a dh' éireas an tiota, cùl na Morairne, na baidealan tiugha, agus a thig iad a nall air sgiathan na gaoithe gu sgaoileadh thairis air an t-Srath thàinig na neòil throma thairis air an dachaidh chaoimh so. Cò-dhiù b' ann an lùib na chaidh e troimh, am Bliadhna Theàrlaich, a fhuair Iain a

chneadh, no thàinig i à rathad éiginn eile, cha'n 'eil fios air, ach bhris air a shlàinte, agus b' fheudar dha 'n leabaidh 'ghabhail. Rinn a mhàthair deoch dha de 'n trì-bhileach, gu neart agus géiread a chur 'na stamaig; thug a bhean bainne blàth dha moch is anmoch, ach a dh' aindeoin gach cungaidh-leighis a chaidh, fheuchainn, cha robh e 'dol am feabhas. Mu dheireadh b' fheudar fios a chur air an lighiche. Thàinig an duine còir air an t-seann làir bhàin. Chaidh e troimh gach rannsachadh feumail, dh' fhàg e rud le ainm neònach 's le blas fiadhaich, d' an robh Iain ri dusan boinne a ghabhail an déigh a bhìdh trì uairean 'san latha; 's an sin dh' fhalbh e.

Chaidh bean Iain ceum leis a sìos am bruthach agus chuir i iomadh ceist air. Dh' innis e dhi, air dòigh cho caoimhneil 's a dh' fhaodadh e gu'n robh làithean Iain air an àireamh; gu'm faodadh e falbh gun tuilleadh rabhadh mu'n rachadh mòran sheachduinnean thairis.

Cha d' thuirt bean Iain diog; ach thill i chun an tighe le cridhe mar chloich, bha 'm buille cho goirt nach robh mothachadh tuilleadh aice air cràdh. Chaidh i mu 'h-obair mar neach am brудар. Thàinig a' cheathrar bheaga a stigh a' glaodhaich an acrais. Chuir i 'mhin air a' bhrochan, 's thug i 'n suipear do'n chloinn. Chaidh i 'mach 's leig i 'm mart; 'na dhéigh sin chuir i' chlann a laidhe. Bha Iain sàmhach, mar gu'n robh e fhéin air tuiteam 'na chadal; agus shuidh na mnathan, té air gach

taobh de 'n teallaich. Thug a mhàthair sùil a nunn air an leabaidh, 's dh' fheòraich i 'n cagar,—“ Ciod a thuirt an lighich ? ”

“ Cha d' thubhairt a bheag; ach 's leòir e ! ” ars an té eile, a' toirt crathaidh air a ceann.

“ Mo thruaigh ! ”—ars an t-seana-bhean—“ cha d' fhairich sinn gus a nis ciod è 'bhi cho fad' à rathad choimhearsnaich.”

“ Tha Ni Math cho dlùth oirnn an so 's a tha e 'n àit' eile.”

“ Tha sin fìor—ach nach fheàrr dhuit fios a chur chun do bràthar ? ”

“ Cò uime 'tha sibh a' cagarsaich mar sin ? ” dh' fharraid am fear a shaoil iad a bha 'na chadal.

“ Cha'n 'eil dad, a ghràidh ! ” ars a mhàthair.

Ach fhuair Iain a mach an fhìrinn mu'n do chaidil e.

Air feasgar an ath latha ghairm e a chlann timchioll air, agus bhruidhinn e riù gu h-athaireil, a' toirt comhairle orra a bhi ùmhal, gaolach mu 'm màthair 's an sean-mhàthair, agus laghach ri chéile; ach cha robh an dithis a bu lugha de inbhe mòran de na thubhairt e 'thuigsinn. Mar sin air làth' eile, ghabh e 'n cothrom, earail shònruichte a thoirt do 'n chaileig a bu sine, an uair a bha iad leò fhéin. Thug e sparradh oirre 'bhi fìrinneach, onoireach anns gach cùis.

“ Tha thu nis naoi bliadhna dh' aois,” ars e—“ Cha'n fhada gus am bi thu deas air son do chosnaidh. Feuch gu'n toir thu 'h-uile sgillinn de

d' thuarasdal do d' mhàthair, oir bidh feum aic' air. Na dèan gu bràth droch bhuil de 'n airgead a gheibh thu. Tha cridhe blàth agad; ach tha thu bras 'nad nàdur, agus mur gabh thu agad fhéin an ám, faodaidh do bhraise trioblaid a tharruing ort. 'S e sin an aon iomagain a tha orm do d' thaobh. Tha fios agam gu'm bi thu tapaidh air chùl na h-oibre; ach, biodh caileag a daidi glic, cùramach, math anns gach dòigh, a' cur deagh eiseimpleir air thoiseach air a' chlann is òige. Cuir do dhòchas, mo leanabh, an Athair an dìleachdain; tha mi 'gar fàgail uile gu léir air a chùram san."

Thilg Mòrag i féin air uchd a h-athar; agus, leis na dèoir a' sileadh gu frasach, gheall i 'bhi 'na caileig mhaith daonnan, agus na h-uile ní a b'urrainn dith a dheanamh air son a màthar, agus air son chàich.

Thachair so uile mu thoiseach an Earraich. An uair a bha na bruthaichean buidhe le sòbhragan, chaidh Iain a thìodhlacadh anns a' chladh aig òchdar Choire-na-h-Anaid.

Bha bràthair le bean Iain a thàinig á Cille Mhàrtainn chun an thìodhlacaidh. An déigh do gach gnothuch a bhi thairis, agus an tigh a bhi sàmhach, dh' fharraid e d' a phiuthair ciod a bha i m beachd a dhèanamh. Chuir ise a comhairle ris, an innseadh dha na bha 'na h-inntinn. Bha màthair Iain comasach gu leòir air an aire 'thoirt air an dithis a b'òige de'n chloinn; ach bhiodh

feum air aon de'n dithis a bu sine gu dol às déigh a' mhairt. Gheibheadh ise, i féin, am pailteas-obair—air son na cuid sin deth, thilleadh i rithis a dh'ionnsuidh a cosnaidh, 's cha bhiodh dìth air na leanabain, no air an sean-mhathair.

“Bheir mise Mòrag leam, ma tà,” ars' a bràthair: “Cha'n fhaic mi dìth oirre fhad's a bhios e'm chomas. Cha mhisd' an t-seana-bhean a leithid a bhí aig làimh car ghreis; agus an uair a bhios i murrach air a shon théid i chun cosnaidh.”

“Ma ni thusa sin,” ars a phiuthar, “bheir e luchd bhàrr m' inntinn-sa, 'chionn tha fios agam gu 'n seall thu gu math às a déigh; agus mar a tha thu 'g ràdh, 's fhèairrde mo mhàthair i.”

Ràinig e Mòrag gu math goirt an uair a chaidh innseadh dhí gu 'n robh i ri falbh le bràthair-amàthar. “Gheall mi do'm dhaidi gu 'n cuidichinn mo mhàthair,” ghlaodh i, 's an reachd 'na muineal. Ach air do bhràthair-a-màthar a chur f'a comhair gu 'n cuidicheadh i fada tuilleadh i le falbh leis-san, cha d' thuirt i facal eile 'na aghaidh.

Thàinig e 'na ceann rud a dhèanamh, a thug sòlas dhi fad iomadh latha 'na dhéigh:—Chaidh i suas gu mullach cnuic a ghabhail sealladh air na bha ri fhaicinn mu'n cuairt. Chaidh i chun an tobair; agus a dh' ionnsuidh na craoibh chaorainn aig a' bhruaich; streap i fo na preasan a dh' fhàgail beannachd aig nead a' bhricein-bheithe; chaidh i do'n bhàthaich, agus chaoin i, le a làmhan mu amhaich na Dubh-chiùin. Ach so thairis, dh'

eutromaich a h-inntinn, agus sheall i air adhart le-toileachadh ris an turus a bh'air thoiseach oirre.

Bha bràthair a màthar 's i fhéin ris an rathad a chois eachd gu Cille Mhàrtainn, a' dol troimh Mheadar-loch agus Latharna, 's a' gabhail a sìos ceann Loch Faochain. Ach, gu fortanach, fhuair iad forfhais air bàta bàthair a bha 'taghal aig Port-na-h-Apunn, air a rathad do Ghlascho. B'e seann fhear-eòlais a bh' anns an sgiobair. Thug e Mòrag agus bràthair-a-màthar cho fada ri Creignis; agus cha robh iad ro fhada a' dèanamh an rathaid do-Chille Mhàrtainn.

Cha robh Mòrag ach glé bheag ùine an sin an uair a b'fheudar do bhrathair-a-màthar dol dà latha bho'n tigh. Am feadh a bha e air falbh, dh'ionndrainn an t-sean-mhàthair tasdan, a chuir i air sgeilp de'n àmraidh; agus chuir i air Mòraig gur i 'thug leatha e. Chaidh Mòrag dubh às-àicheadh. Thuirt i nach fac' i 'n tasdan idir, gun ghuth air beantainn ris. Cha do chuir sin à beachd a sean-mhàthar nach b'i 'ghoid an tasdan.

Bha Mòrag air a tàmailteachadh. Bhiodh i air a narachadh às-ùr an uair a thilleadh bràthair-a-màthar, agus a chuireadh a sean-mhàthair a' bhraide as a leth; agus, coltach gu leòir chreideadh e a mhàthair air thoiseach oirre-se. Cha b'urrainn di so a' ghiùlan. Rinn i suas a h-inntinn am prioba. Bha piuthar-athar dhi pòsd' an Glascho, air an robh i eòlach aig an tigh: rachadh i g'a h-ionnsuidh-se, agus dhèanadh i a beatha. Cha

do reusanaich i ni mu'n chùis; cha d'fhàinig teagamh no amharus thairis oirre nach faigheadh i 'n rathad. An àite dol gu buachailleachd a' mhairt, 's ann a thog Mòrag oirre gu Ard-driseig.

An uair a thill brathair-a-màthar, cha robh a' chaileag air thoiseach air. Dh'innis a màthair dha mar a thachair.

"'S ged a bheireadh i leatha e dusan uair thairis, bha sibhse tuilleadh's cruaidh oirre;" ars e, "b' fheàrr leam na fada tuilleadh a luach nach do thachair so! Dé 'm fios an i rinn idir e!"

"A' bhiasdag bhradach!" ars an t-seana-bhean: "Cò eile 'thug leò an tasdan ach i! Cha robh neach eile taobh stigh an doruis o'n a dh'fhalbh thu ach i fhéin is mise. Tha e 'leigeil ris gu 'm bheil i ciontach an uair a tha i air teicheadh mar a tha i!"

"Cha'n 'eil mi idir cinnteach as; ach ciamar air bith mar tha, dh' earb a màthair a' chaileag rium-sa, agus cha leig mi air faondradh i; bheir so turus eile dhòmhsa do'n Apuinn."

"Chì thusa gu'm faigh thu'n sin i air thoiseach ort; bidh i air ruith dhachaidh chun a màthar gu beagan beadraidh fhaotainn!"

"'S e mo dhòchas gu 'm bheil i air dol tèaruinte an sin;" ars a mac,—“Sin agaibh faidhream duibh!” agus thilg e pocan pàipeir air a' bhòrd.

"A laochain, nach tu tha math! Mo bheannachd ort, agus am bocsa dlreach gu 'bhi falamh!"

agus lion an t-seana-bhean am bocsa-snaoisein aice loma làn. Ach bha gràinean thairis; mar sin thug i seana bhocsan eile a nuas bhàrr sgeilp na h-àmraidh. Air dhi am bocsan fhosgladh, spleuc i air car prioba; an sin thog i a làmh chli agus ghlaodh i,—“Och, nach mi'n òinseach! Tha 'sin an tasdan far an do chuir mo làmh fhéin e! Nach ann orm a thàinig an dìth-chuimhne!”

“Ma tà 's mise tha taingeil gu'n d'fhuair sibh e, air sgath na caileige!” arsa Donnachadh, oir b'e sin ainm a mic.

Le cho beag dàil 's a bha comasach, rinn Donnachadh a rathad do'n Apuinn, a' gabhail forfhais aig gach tigh air a shlighe a dh' fheuchainn am facas Mòrag air an rathad dhachaidh. Cha robh duine 'chunnaic a leithid a' dol seachad an taobh sin. Ràinig e 'n Làrach Mheadhoin, agus, gu fortanach, cha robh a phiuthar fathast air an tigh fhàgail, ged a bha i air brath fhaotainn air àite. An uair a dh'innis a bràthair an sgeul mu Mhòraig, 's a chunnaic i cho goirt 's a ghabh e mar a thachair dhi, chum i oirre fhéin, agus dh'fheuch i comhfhurtachd a thoirt dhà-san.

Ach, ciod a bha ri 'dhèanamh? Thuirt iad na b'urrainn iad, thall 's a bhos, mu dhéighinn a' ghnothuich; agus gheall iad air gach taobh fios a thabhairt, cò air bith dhiubh a chluinneadh guth air Mòraig.

“Saoil sibh,” ars a sean-mhàthair, “Saoil sibh an tigeadh e 'na ceann dol chun Fionnaghail?”

Dh'amhairc Donnachadh air a phiuthair. "'Dé m fios nach deachaidh!" ars i—"Bha Fionnaghal cho cuimhneach uimpe. Ach am biodh de mhisnich aice na dh'fheuchadh e?"

"Gheibh sinn fios air sin. Theid mise dh' aon obair do Ghlascho, agus chì mi," arsa Donnachadh; agus dh' thàg e beannachd aca 'sa mhaduinn, le dòchas air fhadadh an cridheachan an triùir gu'n deachaidh gu math le Mòraig an déigh uile.

Cho luath 's a bha e'n comas Dhonnachaidh, chaidh e do Ghlascho, agus rinn e a rathad gu tigh Fionnghail—ach ma leanas sinn Mòrag, gheibh sinn an sgeul a fhuair e bho phiuthair a h-athar.

Bha Mòrag a 'dol a sìos taobh Loch-gilb, an uair a choinnich i 'n sgiobair a bha cho caoimhneil rithe fhéin 's ri bràthair a màthar o chionn ùine gléghoirid. Dh' aithnich e i air a' cheud sùil; rug e air làimh oirre, 's dh' fharraid e air son a càirdean:—

"Agus c'àite 'm bheil thu 'dol a nis?" dh' fhoighnich e dhi.

"Tha mi 'dol chun Fionnghail, piuthar-m'athar, an Ghlascho."

"Ach, ciamar a gheibh thu 'n sin, gun duine leat?"

"Gabhaidh mi 'n t-aiseag, 's coisichidh mi 'chuid eile de 'n rathad."

Sheall an duine oirre.

"Ciamar a leig iad air falbh mar so thu?"

Cha d' thuirt Mòrag diog.

“ So, so, ciamar 'sam bith mar a tha, tha feum agad air cuideiginn a ghabhail cùram dhìot; agus 's e ni thu tighinn leamsa; agus chì mis' thu tèaruinte chun piuthar-t'-athar. Tha 'n soitheach agamsa 'seòladh an ceann dà uair an uaireadair, agus thig thu air bòrd leam—tiugainn!”

Agus dh' fhalbh Mòrag leis an sgiobair gun tuilleadh uime.

Bha an leanabh—oir cha robh innt' ach sin—sona fad nan làithean a bha i 'seòladh air ais 's air adhart eadar aon phort agus port eile, a null 's a nall, a suas na Caoil Bhòdach, agus a stigh air Cluaidh, chun a' bhaile mhòir far an robh a bancharaid. Bha'n sgiobair, agus na seòladairean laghach rithe; agus bha i duilich an uair a thàinig an turus gu ceann, agus a thug an sgiobair còir i do thigh piuthar a h-athar, far an d' fhàg e beannachd aice, 's an d' thug e earail oirre, an aire thoirt di fhéin mu'n rachadh i air chall 'sa bhaile mhòr. Bha piuthar a h-athar glé thoilichte a leithid a bhi aice gu ruith air ghnòthuichean, agus an naoidhean a thoirt bhàrr a làmh am feadh a gheibheadh i féin an tigh a réiteachadh; a chionn bha Mòrag ealamh, èasgaidh, agus deas gu rud a thogail.

Air la àraidh, goirid an déigh dhi tighinn, chaidh Mòrag a chur air ghnòthuch gu bùth a bha beagan astair bho'n abhainn; agus rinn sealladh de na croinn, a bha mar choille, eadhon anns na làithean sin, a' chaileag a thàladh sìos a dh' amharc air na

soithichean. Sheas i mu choinneamh luinge mòire briagha, far an robh na maraichean trang am measg a' bhàthair a bhatar a' cur air bòrd.

“Am bu mhath leat taobh a stigh an t-soithich fhaicinn, mo leanabh?” arsa guth làimh rithe.

Sheall Mòrag a suas. Bha boireannach an cleòca fada dearg agus ad rìomhach, 'na seasamh an sin.

“Tha mise 'dol a stigh,” ars am boireannach; “ma 's math leat, faodaidh tu tighinn leam.”

Dh' amhairc Mòrag air a bascaid: “Cha'n fhaod mi fuireach an diugh.”

“Bidh an soitheach air falbh an nochd, 's cha bhì cothrom agad a rithis.”

“Mur gléidh e fada mi, théid mi ann,” arsa Mòrag, agus lean i am boireannach air bòrd. Thàinig fear de na h-òifigich air adhart, agus bhruidhinn am boireannach ris an guth ìosal. Bha cho beag Beurla aig Mòraig nach do thog i uibhir is facal. Chaidh an dithis a thoirt, fo iùil an òifigich, air feadh an t-soithich, agus a sìos do sheòmar na luinge; agus mu'n robh mòran mhionaidean thairis, dhi-chuimhnich Mòrag a h-uile rud ach na bha mu choinneamh a sùl.

Cha robh fhios aice ciamar no cuin a thachair e, ach chaill i sealladh air té a' chleòca dheirg. Ruith i thall 's a bhos 'ga sireadh; dhìrich i suas á seòmar na luinge; thug i sùil air tìr, 's chunnaic i'n cleòca dearg a' dol às an t-sealladh aig oisinn na sràide. Dh' fheuch i dol air tìr; ach bha na bùird-

choise air an togail. Ghrìos i air na seòladairean leigeil leatha an soitheach fhàgail; ach thuirt iad rithe dol às an rathad 's a bhì sàmhach, mu 'n tilgeadh iad a mach i. Bha iad a' tarruing nan ròpaichean a stigh, 's a' togail na h-acair; agus mu'n d' thàinig an oidhche bha'n soitheach air a rathad chun a' chuain, le Mòraig air bòrd.

Acrach, truagh, chrùbain Mòrag an cùileig sheasgair a' bhathair air clàr na luinge. Cha robh a' bheag de Bheurl' aice, ach thuig i 'm facal "America." Thuig i mar an ceudna gu'm b'ann le a deòin a dh' fhàg té a' chleòc' air deireadh i; agus le plathadh thàinig briathran a h-athar 'na cuimhne—"Mur gabh thu agad fhéin faodaidh do bhraise trioblaid a tharruing ort"—agus air so bhris i 'mach a' caoineadh.

Thug i 'n t-sùil bhochd a suas. Bha'n Crann a' dealradh 'san speur ri Tuath, dìreach mar a b'abhaist di fhaicinn os ceann Beinn Bheithir. A rithis thàinig briathran a h-athar air ais d'a h-ionnsuidh;—"Cuir do dhòigh ann an Athar an dileachdain." Thug so faochadh, agus beagan misneachaidh dhi. "Och, mo dhaidi laghach fhéin!" ars' i os ìosal rithe fhéin, "tha thusa fad' uam os ceann nan rionnagan sin; ach nì mi'n rud a thuirt thu rium; cuiridh mi mo dhòigh an Athair an dileachdain! Bha mi bras an uair a dh' fhàg mi mo shean-mhàthair. Bha mi bras an tighinn air bòrd an t-soithich, an àite dol dachaidh le'm ghnòthuch; och, ciamar a nis a théid agam air mo

mhàthair a chuideachadh!”—agus a rithis shil na deòir gu frasach.

Uidh-air-n-uidh thàinig soilleireachadh air a h-inntinn. Chuir i roimpe teicheadh dhachaidh na'm faigheadh i gu bràth an cothrom, agus—
 “Ciod air bith a ni iad orm, cha'n fhaic iad a' caoineadh mi!” ars' ise. An sin fuar, acrach mar a bha i, thuit an dìleachdan 'na cadal.

Bha'n turus-cuain gu math ànradhach. Cha robh a' bheag de umhail air a thoirt do Mhòraig; agus bha i iomadh uair air a tolladh leis an acras. Air aon là àraidh thug fear de na seòladairean an aire cho truagh coltas 's a bha i; thàinig tiomachadh air, agus thug e mias chabhruich dhi. Gu taingeil ghiùlain i 'n trinnsear fo fhasgadh, agus shuidh i 'n teis-meadhon cuaillein ròpaichean, gus am biadh itheadh le comfhurtachd. Cha d'rinn i ach a' cheud làn-beòil a shlugadh an uair a bhris bàth-thonn thairis air an luing; dh'fhalbh a' chabhruich leis thar cliathaich an t-soithich, a' fàgail trinnsir fhalaimh air uchd Mòraig. An aon uair eile so chaoin i gu goirt thairis air an tubaist.

Mu dheireadh, thàinig an turus fada, doireannach gu crìch. An déigh briseadh na fàire, air maduinn chiùin ghrianaich, sheòl an soitheach seachad air eilean fada, agus thilg i acair an cala bòidheach. Bha baile beag air oir a' chladaich, le coilltean tiugha ag éirigh air a chùl. An tiota, chuir sgaoth de bhàtaichean beaga a mach, chuartich iad an

luing, agus thàinig na daoine 'bh' annta air bòrd. Bha 'chuid a bu mhodha dhiu a' bruidhinn Beurla ; ach bha fear an sud 's an so a' sgioladh cainnt nach b'urrainn do Mhòraig a thogail.

Bha leth-sheann duine, le sròin mhòir cho cam ri gob cromaig, agus feusag liath a' taomadh mar eas a sìos air a bhroilleach, a bha 'bruidhinn ris an sgiobair. Bha le Mòraig gu'n robh aodann caoimhneil aige ; agus, mar gu'n do mhothaich e'n smuain a bha 'na cridhe, thionndaidh e agus thug e a leth-taobh e. Thòisich iad air bruidhinn os ìosal, agus bha leis a' chaileig air an t-sùil a thug iad oirre an tràth-s' a rithis gur ann oirre fhéin a bha iad a' labhairt. Mu dheireadh, thàinig fear na feusaig far an robh i—"Tiugainn thusa leamsa, leanaibh," arsan, "ní thu searbhanta beag do m' mhnaoi," agus cha b' ann idir gu mì-thoileach a lean i a màighstir. B' Iùdhaich a' chàraid a fhuair còir air Mòraig. Bha iad 'nan daoine còire, a bha 'cleachd' ainn a bhi leughadh Sgrìobtuirean an t-Seann Tiomnaidh, agus a dhealbh am beatha d' an réir. Cha robh fada gus an robh an dìleachdan bochd aig tigh an dachaidh a bha òrdail, math anns na h-uile dòigh ; agus dh' fhàs muinntir an tighe toigheach air a' chaileig a rinn a dìchioll gach ní feumail ionnsachadh.

Thachair iomadh tuiteamas neònach oirre anns na bliadhnachan sin. Chaidh i, aon latha, an déigh dhi a h-obair-tighe a chrìochnachadh, do 'n choille a thrusadh dhuilleagan seargte air son leabaidh do

'n chrodh. Thug i poca leatha, agus thòisich i air a lìonadh; ach thug i 'n aire do dhùn briagh dhuilleag goirid uaipe, aig bun craoibh, mar gu 'n do thrus a' ghaoth iad deas gu a làimh. A null ghabh i leis a' phoca, agus an déigh a chur fosgailte air an làr, sgaoil i mach a gàirdeanan agus thog i ultach dhiu gu sgairteil. A suas 'na cuibhleagan dh' éirich nathair mhòr, le srann a bha déisinneach. Sheas Mòrag car prioba gun chomas gluasad; ach fhuair an nathair uibhir eagail rithe fhéin, agus theich i cho luath 's a bh' aice gu àit' eile de 'n choille, far nach rachadh dragh a chur a rithis air a suain gus an dùisgeadh an t-carrach i.

Aig àm eile chaidh i do'n choille cheudna a thrusadh connaidh. Bha i cho dìl a' tional nam bioran nach d' thug i 'n aire cho fada stigh 's a chaidh i á sealladh a' bhaile. Chaill i a rathad, agus, an àite tilleadh, 's ann a rinn i dol air seachran na b' fhaide 's na b' fhaide stigh. Choinnich Innseanach ruadh i, aig ciaradh an fheasgair, agus threòraich e chun a bhothain i. Bha eòin aige, a leag e le 'bhogha 's saighead. Thug e d' a mhnaoi iad, agus an déigh na h-iteagan a thoirt diù ròis i ris an tein' iad. Thug i cuibhrionn do Mhòraig, a bha taingeil nach robh i ri bhi fad na h-òidhche 'mach 'sa choille. An uair a thàinig àm gu dol a laidhe, rug a' bhan-Innseanach air làimh na caileige; thug i nunn i far an robh dùn iteag, agus a 'cur a leth-chinn air a bois, leig i ris gu 'n robh i ri cadal air na h-iteagan. Cha b'urrainn iad aon smid de chainnt

a chéile a thuigsinn ; ach trid na cainnt bhailbh so, dh'amaid iad air a' ghnothuch. Anns a' mhaduinn, smèid an t-Innseanach air Mòraig, a lean e gus an d' thug e sàbhailt i an sealladh a' bhaile.

Mar so fhuair an dìleachdan iochd agus fòir o Iùdhaich agus o dhaoine borba nan coilltean, mar nach d'fhuaradh leatha uapa-san a bha d' a cinneadh féin, agus air an gairm fo ainm Chrìosduidhean, ach aig an robh an cridhe làn sannt, agus gaol an airgid: ni a rinn cruaidh neo-thruacanta iad ris an leanabh bhoichd neo-amharusach.

Anns an dachaidh chiùin, theàruinte so, chaidh bliadhna is bliadhna thairis. Dh' fhàs Mòrag a suas gu 'bhi 'na nighinn dhreachmhoir, thapaidh, a b'urrainn a làmh a chur ri obair 'sam bith a thigeadh 'na rathad. Cha robh tuilleadh cuimhn' aic' air an Apuinn? Chì sinn sin!

Bha "Cogadh na Tea," mar a theirteadh ris, air éirigh eadar Breatunn agus America; agus bha luingeis de na h-uile seòrsa a' ruith gun sgur air ais 's air adhart eadar an dà dhùthaich, agus malairt gu mòr air a meudachadh. 'Nam measg-san a bu mhodha 'shoirbhich bha'n t-Iùdhach, màighstir Mòraig. Cha robh bàta bàthair a' tighinn gu cala nach robh a' giùlan stuth g'a ionnsuidh anns na làithean sin. Thàinig e 'stigh aon là air dorus a thighe le ceum na b'ealamh na 'chleachd e, agus dh' fharraid e air son Mòraig.

"A Mhòrag, co às thu?" ars e air a' cheud fhacal-

“Thàinig mi à Apuinn Mhic Iain Stiùbhaird, an Siorramachd Earraghaidheal, an Albainn,” fhreagair an nighean, rudhadh ag éirigh 'na gruaidh ann an gabhail nan ainmean gaolach air a bilean.

“Ma tà, tha 'n so sean phaipear-naigheachd a thàinig mu thimchioll cuid de 'n bhàthar. Chaidh a chlo-bhualadh air a' bhliadhna 'san do cheannaich mis' thu. Tha sanas ann, air a chur a stigh le fear, Donnachadh Mac an-t-Saoir, ag innseadh mar a chailleadh thu, agus ag iarraidh air neach 'sam bith a gheibheadh forfhais ort, do thoirt air ais d' a ionnsuidh-san.”

“B'e sin bràthair mo mhàthar,” arsa Mòrag.

“Am bu mhath leat tilleadh dhachaidh?”

“Och, och, 's ann leam bu mhath!” fhreagair Mòrag 's an deur 'na sùil, “na'n gabhadh sin a bhi.”

“Ma tha sin mar sin,” ars an t-Iùdhach, “tha lagh againne a tha 'cur mar fhiachaibh oirnn seirbheiseach a leigeil air falbh saor, ma's math leis, cho luath agus a phàigheas e air ais le 'obair an luach a thugadh air a shon. An ceann dà bhliadhna, a réir an lagh sin, bidh tusa saor ma's e do roghainn dol dachaidh.”

Las sùilean Mòraig le aoibhneas. “Bu mhath leam tilleadh chun mo mhàthar bhochd, ma tha i beò. Gheall mi do m' athair air a leabaidh-bhàis dèanamh air a son cho fada 's a bhiodh e 'm chomas. Cha'n e nach robh sibhse riamh caoimhneil cneasda rium, ach gu'm bheil e 'na dhleasnas orm amharc as déigh mo mhàthar; 's e sin a tha

toirt orm roghnachadh falbh cho luath 's a dh' fhaodas mi."

"Tha sin ceart, a Mhòrag : urram a thoirt do d'phàrantan, agus ùmhlachd a thaobh na gheall thu. Bidh beannachadh an Tì is àirde ort ; agus is feàrr sin na maoin an t-saoghail so. Bha thu riamb dìleas air chùl do ghnothuich—their mi sin—agus bithidh sinne duilich dealachadh riut."

B'iomadh fadal a ghabh Mòrag an amharc roimpe ; ach, mu dheireadh, thàinig crìoch air an dà bhliadhna. Thàinig ceann air a' chogadh aig a' cheart àm, agus fhuair a màighstir fios air soitheach a bha 'dol do Ghlascho, le réisimeid de shaighdearan Albannach. Bha feum aig mnaoi fear de na h-oifigich air maighdinn-choimhid, agus ghabh Mòrag os làimh a' seirbheiseachadh. Mar so, bha i fo dhìon bana-mhaighstir ; cha robh faradh aice ri phàigheadh ; agus choisinn i beagan air an rathad dhachaidh. Bha Athair an dìleachdain dar-rireadh ag amharc thairis oirre.

Ràinig an soitheach Albainn, gu teàruinte, agus dh' fhàg Mòrag beannachd aig a bana-mhaighstir an Glascho. Bha buidheann de na saighdearan, a bhuineadh do Earraghaidheal ; agus ghabh Mòrag aiseag air an aon bhàta riù, oir bha i air fàs eòlach air a' chuid a bu mhodha dhiu. Cha d' thug am bàta iad seach Loch Fìne. Mar sin choisich muinntir na h-Apunn an còrr de 'n rathad an cuideachd a chéile. Mu dheireadh ruig an luchd-

turuis an Sìthean. Chunnaic Mòrag mullach cinn Beinn Duinn ag éirigh dorcha ris an speur. Dh' éirich doinnionn de smuaintean 'na cridhe. Aig gabhail an aisig do 'n chuideachd, thionndaidh Mòrag ris na portairean, agus dh' fheòraich i dhiù, an robh fhios aca cò-dhiù 'bha bantrach Iain 'ic Labhrainn beò fhathast?

“Tha, beò slàn,” fhreagair fear diu; “tha i 'fuireach anns an tigh ud thall aig bun a' bhruthaich, dlùth air tigh-an-aisig,” agus thug am portair gogadh d' a cheann a leigeil ris an àite 'san robh an tigh. Bha màthair Mòraig an sud, 'na seasamh 'san dorus, a' gabhail beachd air a' bhàta làn chòtaichean-dearga.

Aon uair air tìr, agus a ciste air a cur air cùram gille 'bheireadh a nìos i, choisich i 'n rathad mar gu'n robh sgiathan air a sàiltean. Chaidh a màthair a stigh an uair a chunnaic i ban-choigreach a' deanamh air an dorus aice. Chaidh Mòrag a stigh às a déigh, agus dh' iarr i deoch an uisge. Dh' fharraid i 'n sin cead suidhe car ghreis, a chionn gu n robh i sgìth. Thug a màthair cathair dhi.

“Dh'fhaoidteadh gu'n leigeadh sibh leam fuireach an so an nochd?” arsa Mòrag: “tha'n latha gu math fad air adhart a nis.”

“Cha'n 'eil dòigh agam air ur leithid-se 'ghabhail a stigh,” fhreagair a màthair.

“Bhithinn toilichte le ni air bith a th' agaibh. Gu dearbh cha'n 'eil e 'm bheachd dol ceum na's fhaide an nochd” arsa Mòrag gu daingeann.

“Cha’n fhuirich cas dhibh an so!” ars a màthair, cho daingeann rithe fhéin. “Ciod am fios a th’agam-sa cò sibh,—té a thàinig an cuideachd nan saighdearan!”

Cha b’urrainn Mòrag cumail oirre fhéin na b’fhaide.

“A bhean, nach do chaill sibh caileag d’am b’ainm Mòrag? Nach ’eil sibh ’gam aithneachadh?”

Cha robh tuilleadh guth air Mòrag a chur a mach air an dorus.

Cha d’fhàg Mòrag an Apuinn am feasda tuilleadh. Phòs i’n sin, agus an sin shiubhail i.

B’i bantrach a mic a dh’ innis dhòmhsa an sgeul, an uair a bha i ’fuireach an Goirtean-an-leathaid, eadar an Sìthean agus na h-Arda. Cha robh caman cho math agam fad na bliadhna ris a’ chaman a bha ’cheart té a’ toirt do m’ ionnsuidh air a h-uile Nollaig.

Och, och mise! ’s fhada o’n àm sin!

PÒSADH AN DEALAIN DÉ.

FADA, fada roimh linn do sheanar, nuair a bha 'n saoghal òg 's a labhradh na coilich Greugais, smaointich an dealan-dé gu 'm pòsadh e bean. Dh' fheumadh i bhí cho bòidheach ri sóbhrach nan gleann ; cho uasal ri mnaoi-shìth nan cnoc ; is cho maith gu banas-tighe ri seangan nan gàraichean. Dh' innis e so do 'n chuileig ; ach cha do rinn ise ach car cam a chur 'na sròin is gàire a dhèanamh.

“ Siùbhlam shlos, siùbhlam shuas ;
Siùbhlam thall, siùbhlam bhos ”

“ Gus am faigh mi riar mo chridhe,” ars an dealan-dé.

“ Guidhe nan seachd gobhraichean glasa leat ; còmh dhail nan seachd sionnach dhuit ; beannachd nan seachd sithichean leat, gus am faigh thu riar do chridhe,” ars a' chuileag ; “ ni mise lochdan beag cadail am broilleach neòinein gu ceann latha 's bliadhna ; 's an sin bithidh fiughair agam ri fios do bhainnse.”

Is ann mar sin a bha. Cheangail an dealan-dé crios òir m' a chois dheis ; chuir e tri maighdeagan lainnireach am bac easgaid ; sgaoil e sgiathan breacain ri gaoith bhuig, bhlàith an fheasgair is

thog e air. Chuir e a chùl ris an àirde tuath is aghaidh ris an àirde deas, is fad sheachd sheachd-uinean samhraidh dh' imich e gun a sgìos a leigeil, thar aibhnichean, thar achaidhean, thar iomairean, thar bheann, thar ghleann, thar chuantan gus an do ràinig e an t-eilean uaine, far nach luidh grian is nach éirich gealach, is far nach cualas fuaim riamh ach fuaim an t-saimh is guileag na h-eala bhàin a tha 'na suidhe air tolman uaine 'na theis-meadhon. Seachd seachduinean ni an eala so cadal gun dùsgadh; ach air an t-seachdamh Dòmhnach dùisgidh i is ni i trì guileagan cho binn is gu 'n éisd an cruinne is gu'n toir clàrsair nan cnoc osna bhròin as le eud. Ràinig an dealan-dé an cnoc; rinn e iteag trì uairean mu thimchioll na h-eala; leig e a thaic ri bileig fheòir; chuir e maighdeag fo cheann is rinn e cadal. Bhruadair e gu 'n robh e an caisteal rìgh far an robh sparran an tighe air an dèanamh de shnàth sìoda, is nigheanan an rìgh a' dannsadh orra is bad de luibh-chneas am broilleach gach té dhiubh. Chual e an t-aon cheòl a bu bhinne chuala cluas no a smaointich cridhe: ceòl a dhùisgeadh gaol; ceòl a dh' fhògradh eagal; ceòl a bheireadh bainne o'n chrodh-sheasg. Ciod e a bha 'n so ach guileag na h-eala is i a' dùsgadh. Thog an eala cuiseag airgid 'na gob, is cha luaithe a thog na thàinig neul dubh air aghaidh na gréine, is thòisich gach roinne feòir a bh' air an eilean air crathadh. Ciod e a bha 'n so ach sgaoth dh' eunlaith cladaich a bha a' freagradh guileag na

h-eala, is a bha tighinn le biadh is deoch gu aoidheachd a dhèanamh do 'n dealan-dé.

“Òl seachd copanan còbhannach meala; ith seachd baibeanan reamhar arain; is an sin innis ceann fàth do thuruis,” ars an eala. Rinn an dealan-dé sreothart, agus thàinig gruaim air an eala. “Le’r cead, chuir an gille-brìde snaoisean anns a’ mhil,” ars an dealan-dé. Rinn an eala fead is thuit an gille-brìde fuar marbh. Chrìochnaich am biadh is thòisich seanchas.”

“Is mise,” ars an dealan-dé,” mac àillidh nan speur a’ siubhal o dhùthchannan tuath gu tìr mu dheas, an tòir air riar mo chridhe. Feumaidh i bhi cho bòidheach ri sóbhrach nan gleann; cho maith gu banas-tighe ri seangan gàraichean.” Thuir an eala gu’n dèanadh i cadal nan seachd seachduinean gus am faigheadh i eòlas nan trì saoghal: an saoghal do ’n toiseach cuimhne, an saoghal do ’m meadhon cuimhne, is an saoghal do ’n deireadh cuimhne; is an sin gu’n tugadh i dhà trì combarran leis am faigheadh e riar a chridhe.

Is ann mar sin a bha. Chuir an dealan-dé seachad an ùine ’ga fhailceadh féin is a’ dèanamh tàir air a’ bhogha-frois: nach robh uibhir de dhathannan ann is a bha ’na sgiathan. Is ann air an t-seachdamh dòmhnaich a dhùisg an eala, is rinn i guileag mu ’n cuireadh cleasaiche car dheth. Bha an dealan-dé far an robh i, is sheas e air a leth-chois is rinn e modh. Rinn an eala fead. Anns a’ mhionaid thàinig clacharan far an robh iad. “So

agad," ars an eala, "an t-eun is géire sùil 's is bioraiche cluas 'san ealtainn. Fhuair e eòlas na sìde o bhodach na geallaich ; aithne na talmhainn o chailleach na h-oidhche ; is fios a' chuain o 'n mhaighdinn-mbara. Thig e, is cha 'n aithne do dhuine ce as e ; falbhaidh e is cha 'n aithne do dhuine c' àite ; is bithidh e dhuit-sa 'na fhear-iùil an déigh riar do chridhe. Paisgidh thu do sgiathan is suidhidh thu air druim a' chlacharain gus an seas e air lic luim léith a tha air beulaibh a' bhothain far am bheil riar do chridhe a' tàmh. Trì seachduinean foghair siùbhlaidh an clacharan an coinnlean na gaoithe, thar aibhnichean, thar achaidhean, thar iomairean, thar ghleann, thar bheann, thar chuantan, gus an tig e gu crìochan Tìr-na-ciùine. A' cheud Sathurna 'na dhéigh sin, chì thu cóig ioghnaidhean ; is an sin bithidh fios agad gu'm bheil thu dlùth do 'n lic a tha air beulaibh a' bhothain far am bheil riar do chridhe a' tàmh."

Is ann mar sud a bha. Phaisg an dealan-dé a sgiathan boillsgeach ; chuir e trì maighdeagan lainnireach cladaich am bac easgaid ; shuidh e air druim a' chlacharain, is thàr an t-eun sin as. Thàinig tuainealaich an ceann an dealain-dé le luathas an t-siubhail. Bha sin cho luath ri saighead an t-sealgair ; na 's luaithe na gaoth an earraich ; cho clis ris an dealanach. Dh' fhalbh an clacharan is e a' cur aghaidh air an àirde-'n-ear. Trì seachduinean foghair bha iad 'ga chaitheamb mar sin, gun bhiadh, gun deoch, gun sgìos ; is 'na dhéigh sin

thàinig iad gu loch dh'fhior uisge, am meadhon coille. Bha a leithid de shìth is de shuaimhneas air aghaidh an locha so is gu 'm faiceadh na seilleinean a bha anns na rionnagan am faileas féin ann. Dh' aithnich an dealan-dé gu 'm b' i so Tir-na-ciùine. Sheas iad air òban a bha am meadhon an locha; dh' òl iad an sàth de' n driùchd; is rinn iad cadal.

Dhùisg iad air a' cheud mhaduinn Shathurna; is cha luaithe dhùisg na chunnaic iad daol a' dèanamh air an òban a' luingeachd air duilleig chàil is 'ga stiùradh le chois. "An faic thu sud?" ars an clacharan. "Chì mi rud nach faca mi riamh," ars an dealan-dé: "a h-aon de chóig ioghnaidhean Tìr-na-ciùine." Chaidh e an sin do 'n choille, is aig bun craoibhe, chunnaic iad cat a' toirt na feusaig a bhàrr buachaille-laogh le snàthainn clòimhe. "Am faic thu sud?" ars an clacharan. "Chì mi rud nach faca mi riamh: a h-aon de chóig ioghnaidhean Tìr-na-ciùine," ars an dealan-dé. Streap iad a suas do chraoibh is chuir iad an aghaidh 'san àirde-'n-ear. "Ciod e chì thu?" ars an clacharan. "Chì mi dà ghrian is dà gheallach a' dèanamh ruithe dannsaidh, is na rionnagan a' bualadh am boisean," ars an dealan-dé. Chaidh iad gu làr is ghabh iad air an aghaidh gus an d' thàinig iad gu cnoc uaine. Nuair a bha iad aige, dh' éirich am mullach a bhàrr a' chnoic; is ciod a bha 'n sin ach faoileannan am brigisean liatha is boineidean breaca, ag ionnsachadh sgoile do sheilleinean ruadha. "A h-aon eile dh' ioghnaidhean Tìr-na-ciùine," ars an

dealan-dé. Bha iad a' tilleadh dh' ionnsuidh an òbain nuair a chunnaic iad tigh beag fàs aig bun creige. Chuir iad an sùil ris an uinneig, is ciod e bha 'n sud ach coileach is e a' snìomh sòmoin le spuìrean na dara coise is a' cluich feadain leis a' chois eile. Dh' iarr e orra tighinn a stigh is gu 'n cluicheadh e dhaibh "Cumha nan eireag," gus am bitheadh biadh deas. Is ann mar sud a bha. Thug an coileach dhaibh biadh is deoch is ceòl is conalt-radh ; is an ciaradh an fheasgair dh' fhalbh iad.

Chuir an clacharan aghaidh ris an àirde-'n-ear is thàr e as ; is le luathas a shiubhail, dh' fhàgadh e gaoth luath an earraich fada 'na dhéigh. Am beul an anmoich, sheas e air lic luim léith air beulaibh bothain ; is dh' aithnich an dealan-dé gu 'm b' e so crìoch a thuruìs. Bha gàradh de chraobhan mu 'n cuairt an tìghe, is ùbhlan òir a' fas orra ; bainne driùchd air ceann gach bileig fheòir. Bha uinneagan a' bhothain mar sgàthan ; is bha smeòraichean a' seinn ciùil air bàrr gach pris. Chaidh iad a stigh ; is 'na suidhe an seòmair, chunnaic iad nighean nan ciabhan òrbhuidh, nighean a bha ciùin mar an oidhche, maiseach mar a' ghrian is dìleas mar mhac-talla nan creag.

" Fàilte air an dealan-dé," ars an nighean ; " is mòr t'imeachd, is fada do thurus. Bhruadair mise an raìr gu 'n tìgeadh tusa an diugh." Leum an crios òir a bha air cois an dealain-dé air gàirdean na h-ìghinn ; is leum na maighdeagan is shocruch iad iad féin 'na broilleach ; is dh' aithmich an dealan-dé

gu 'm b' i so riar a chridhe ; is sheas e air a leth-chois is rinn e modh is phòg e i. Dheothail an clacharan a shàth de anail nan speur is chuir e a chùl ris an àirde-'n-ear is aghaidh ris an àirde-'n-iar is dh' fhàg e gaoth is uisge-stoirm as a dhéigh is shiubhail thar aibhnichean, thar achaidhean, thar bheann, thar ghleann dh' ionnsuidh an eilein uaine, gu fios a thoirt do 'n eala mu thurus an dealain-dé. Phaisg an dealan-dé an nighean 'na sgiathan is chuir e aghaidh air an neòinean far an d' fhàg e a' chuileag 'na cadal. Dhùisg a' chuileag ; sheall i air nighinn nan ciabhan òrbhuidh is chuir i car eile 'na sròin le ioghnadh a bòidhchid.

Rinneadh banais air muin buaghalain, a mhair latha is bliadhna ; is fhuair gach biastag mhachrach is gach eun 'san ealtainn fios. Ghabh an gille brìde an daorach is leum e air na faoileannan ; is ghlaodh iad ris na guilbnich. Ghabh a' churracag an daorach le snaoisean is leum i air na stèarnail. Rinn na lachaidh-bhlàr pìobaireachd is rinn na seangain dannsadh. Nuair a bha a' bhanais seachad, thog an dealan-dé a sgiathan is dh' fhalbh e féin is a bhean dh' ionnsuidh a' bhothain aig crìochan Tìrna-ciùine. Is mur dh' innseadh breug dhòmhsa tha iad an sin fathast.

Gaelic Books sold by Eneas Mackay, Stirling.

- GÆLIC BARDS (THE), and Original Poems, by Thomas Pattison, edited, with a biographical sketch and Notes, by the Rev. John G. MacNeill, Cawdor. Second edition, cr. 8vo. with portrait, 3s 6d.
- GÆLIC MELODIST (THE).—Being a Collection of the most popular Highland Love Songs, collected and arranged by John Mackenzie, editor of "The Songs of William Ross," etc., 48mo., sewed, 4d.
- ORAIN GHÀIDHLIG.—Twelve Gaelic Songs, with Pianoforte Accompaniment, by C. R. Baptie, 1s.
- PUIRT-A-BEUL.—Mouth Tunes Practised from remote antiquity by the Highlanders of Scotland, by Keith Norman Macdonald, sm. 4to, 2s 6d. 1901
- SAR OBAIR NAM BARD GAELACH—The Beauties of Gaelic Poetry and Lives of the Highland Bards, edited by John MacKenzie and James Logan, royal 8vo, 8s 6d.
- SGEULAICHE NAN CAOL—Original Gaelic Readings, Sketches, Poems, and Songs, by John M'Fadyen, Author of "An t-Eileanach," crown 8vo, cloth, 312 pages, 2s 6d.
- SONGS AND HYMNS OF THE GAEL (THE), with Gaelic Psalmody, Translations, Music, and Introduction, by L. Macbean. Demy 4to, art cloth, extra gilt top, 5s. 1900.
- SONGS AND POEMS OF ROB DONN (THE)—New Edition with additional Poems, edited, with Life, by Hew Morrison, cr. 8vo, cloth, 6s.
- SONGS AND POEMS IN GAELIC, with an English Translation of Coire Cheathaich and Ben Dorain, by Duncan Bàn Macintyre, 18mo, cloth, 1s 6d.
- UIST COLLECTION OF GAELIC POETRY (THE)—Being the Works of John MacCodrum, Archd. MacDonald (*Gilleasping-na-Ciotaig*), and other Bards, many of the pieces being now published for the first time. Edited, with a copious introduction and explanatory notes, by Rev. Arch. M'Donald, Minister of Kiltarlity, cr. 8vo, cloth, 220 pp, 2s. 6d.
- GÆLIC SONGS, by William Ross, 18 mo, cloth, 1s 6d.
- LEABHAR NA CEILIDH—Gaelic Readings in Prose and Verse, suitable for Public Entertainments, by Fionn. Cr. 8vo, 250 pp, cloth, gilt, 2s 6d.
- LEABHAR NAN CNOC, comh-chruinneachadh do nithibh sean agus nuadh; airson oilean agus leas nan Gaidheal, le Tormoid MacLeoid, D.D., ministear an t-soisgeil ann an Campsie. New edition, cr. 8vo, cloth, 280 pp., 2s 6d.

Gaelic Books sold by Eneas Mackay, Stirling.

LIVINGSTONE'S GAELIC POEMS, with a Brief Sketch of his Life, by the Rev. Robert Blair, M.A., with portrait, 2s 6d.

LUINNEAGAN LUAINIACH, by Surgeon-Col. John Macgregor.

MOUNTAIN SONGSTER (THE): Filidh nam Beann, the choicest selection of selected and original Gaelic Songs now known. 18mo, sewed, 6d.

AN DUANAIRE.—Co-thionail ur de dh'Orain 'us de dhuaganan, &c., Le Domhnall MacMhuirich. 1s 6d.

CLARSACH NA COILLE.—(A. MacLean Sinclair). 2s 6d.

MARY MACKELLAR'S POEMS AND SONGS. Gaelic and English. 1s 6d.

AN COISIREACH (The Gaelic Chorister).—A new series of favourite Highland songs, arranged for Part Singing by W. S. Roddie. Each number contains the song printed separately in Gaelic and English.

TONIC SOL-FA. Price One Penny each No. ; Staff Notation, Twopence each No.

No.

6.	Agus ho Mhorag,	Highland Waulking Song.
12.	Fionnairigh, Farewell to Fiunary.
11.	He Hoirionnan ho,	A Forbidden Love Suit.
3.	Iseabal Nic Aoidh, Isobel Mackay.
10.	Is trom leam an Airigh, Song of the Sheiling.
8.	Leannan an t-seoladair, My Sailor Laddie.
4.	Mairi mhin mheall-shuileach,	Lassie o' the witching e'e.
7.	Oran Irteach, St Kilda Song.
1.	Oran mu'n Bhas, The Song of Death.
2.	Oran na Caillich, The Old Wife.
5.	O theid mi ga d'amharc,	I'll come to you, lassie.
9.	'S eudar dhomh bhith beo, The Love Lorn.

FACLAIR GAIDHLIG: Le Dealbhan. Illustrated Gaelic Dictionary, containing all Gaelic words in the other Dictionaries, and many hundreds not in any of them. In parts, paper covers, 6½d each, post free. (Six parts ready.)

CARAIÐ NAN GAIDHEAL, by Norman MacLeod, D.D. Demy 8vo, 7s 6d net.

SONGS OF THE HIGHLANDS (with Gaelic and English words). Translations by Malcolm MacFarlane, Elderslie, and others. Arranged with symphonies and accompaniments for the Pianoforte, by Fr. W. Whitehead, A.R.C.O. Separate songs, folio, One Shilling nett each; the fifty songs, complete, bound in cloth, 15s nett cash.



Gaelic Books sold by Eneas Mackay, Stirling.

- ELEMENTS OF GAELIC GRAMMAR** (A. Stewart).—Revised, with preface by the Rev. Dr MacLachlan, cr. 8vo, cloth, 3s 6d.
- MACALPINE'S PRONOUNCING GAELIC-ENGLISH AND ENGLISH-GAELIC DICTIONARY**, to which is prefixed a concise but most comprehensive Gaelic Grammar, 12th Edition, 12mo, cloth, 9s.
- The English-Gaelic Part (separate), cloth 5s.
- The Gaelic-English Part (separate), cloth 5s.
- MACLEOD & DEWAR'S GAELIC DICTIONARY**.—Gaelic-English and English-Gaelic. Thick demy 8vo, cloth 1007 pp., 12s 6d.
- FOCLAIR GAELIC AGUS BEURLA**.—Air reir ordugh na h-Aibidil. Le P. MacPharlain. 3s 6d.
- A' CHOISIR-CHIUIL** (The Gaelic Choir).—Parts I., II., III., IV., and V. The St. Columba Collection of Gaelic Songs, arranged for Part-singing, royal 8vo, Staff or Sol-fa. Each 6d.
- AM FEAR CIUIL** (Donald Mackechnie).—Original Gaelic Humorous Sketches, Poems and Songs, cr. 8vo, cloth, 240 pages. 2s 6d.
- AN LONDUBH** (The Blackbird).—A Collection of twenty Gaelic Songs with music, in two-part harmony, Sol-fa Notation; edited by M. MacFarlane. Part I. 2d.
- AN T-ORANAICHE**, by A. Sinclair.—This Collection contains nearly three hundred of the most popular Gaelic Songs, forming a handsome volume of 527 pages, demy 8vo, printed in bold, clear type on thick-toned paper, handsomely bound, full cloth, gilt. 10s 6d.
- A limited number of copies, elegantly bound half-calf, gilt edges (suitable for presentation). 14s 6d.
- Parts I., II., III., IV., V., each 1s 6d.
- AN UISEAG** (The Lark).—Gaelic Songs for Schools, in two-part harmony, Sol-fa Notation, edited and arranged by M. MacFarlane and Henry Whyte. Second Edition. 3d.
- CLARSACH AN DOIRE**.—Gaelic Poems, Songs, and Readings, by Neil MacLeod, third edition, enlarged, cr. 8vo, cloth, portrait, 3s 6d.

- COLLECTION OF
SONGS, arranged for Piano & Voice. 12s 6d.
- Four parts, each part 2s 6d.
"Ginn, air an cur a mach"
"Gaeltachd." Edin. 2s.
- "Iain MacGilleain, Maille ri"
Edin. 204 pp., 1s 6d.
- "no "Turas a' Chrìosdaid"
"Pilgrim's Progress.") Edin. 1s.
- "Dain"
"Le Padruig Grand. 1s 6d.
- "Dain"
"Le Parung Stiubhart. 6d.
- "Eachdunn"
"Baglaise." Leis an Urr. Donnachaidh
M'Challum, Arisaig. Edin. 2s 6d. N.D.
- "Eachdunn"
"Mhic Iacobh." Eadar. Le P.
MacPharaisin. 2s 6d. N.D.
- Gaelic Bibles and Testaments from 1s to £3.
- CELTIC LYRE (The).—A Collection of Gaelic Songs, with
English translations and Music in both notations, by Fionn.
Parts I., II., III., and IV., fcap 4to, sewed, each 6d.
The four parts bound in cloth, gilt title, 3s.
- CLAN MACLEAN, THE MUSIC OF THE, compiled and
arranged by David Glen, Edinburgh. Paper cover, 5s;
cloth, gilt edges, 7s 6d.
- NA BAIRD LEATHANACH: THE MACLEAN
BARDS, by the Rev. A. MacLean Sinclair, sm. 8vo cloth,
278 pages. Vol. I.—The Old MacLean Bards, 2s.
Vol., 176 pages, sm. 8vo, cloth 2s.
- FILIDH NA COILLE. Dain agus Orain leis a' Bhard
MacGilleain agus le Ferdhainn eile.—Gaelic Poems by John
MacLean, Bard Thighearna Chola and others. (This work
is, to a large extent, a continuation of the MacLean Bards).
Sm. 8vo, cloth, 198 pages, 2s.
- CLARSACH NAM BEANN, Dain agus Orain.—Poems, with
portrait, by Evan MacColl, cr. 8vo, cloth, 160 pages, 2s 6d.
- DAIN AGUS ORAIN, le Domhnall MacEacharn, Duncideann,
cr. 8vo, 52 pages, 6d.
- DAIN AGUS ORAIN GHAIHILIG, le Mairi Nic-a-Phearsoin
(Mairi, Nighean Iain Bhain, the Skye Poetess), 3s.
- AISEIRIGH NA SEANN CHANAIN ALBAINNAICH:
Revival of the Old Alban Tongue, or the new Gaelic
Songster, by Alexander Macdonald, 18mo, cloth, 2s.

ENEAS MACKAY, Publisher, Stirling.